# BÒRD NA GÀIDHLIG

| Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh<br>Air-loidhne<br>Diciadain 02/12/2020 13.00 - 16.00 | | Board Meeting<br>Online<br>Wednesday 02/12/2020 13.00 - 16.00 | |
|---|---|---|---|
| **8.0** | **TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE** | **OPEN SESSION START** | 13.00-13.05 |
| **8.1**<br>**8.2**<br>**8.3** | Fàilte bhon Chathraiche<br>Leisgeulan<br>A' nochdadh chom-pàirtean | Welcome<br>Apologies<br>Declarations of interest | |
| **9.0** | **IONMHAS** | **FINANCE** | 13.05-13.30 |
| **9.1** | **Ri Aontachadh**<br>Maoin COVID II<br>*Steven Kellow,* | **For Decision**<br>COVID Fund II<br>*Steven Kellow,* | |
| **9.2** | **Airson Fiosrachadh** *<br>Aithisg Ionmhais gu 30/09/2020<br>*Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais* | **For Information** *<br>Finance Report to 30//09/020<br>*Alex Graham, Head of Finance* | |
| **10.0** | **PLANA GNÌOMH IS COILEANADH** | **OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE** | 13.30-13.45 |
| **10.1**<br><br><br><br>**10.2** | **Ri Aontachadh**<br>PCC 3<br>*Joanne McHale, Manaidsear Foghlaim*<br><br>**Airson Fiosrachadh** *<br>Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21 gu 30/09/2020<br>*Shona NicIllinnein, Ceannard* | **For Decision**<br>KPI 3<br>*Joanne McHale, Education Manager*<br><br>**For Information** *<br>Operational Plan 20-21 Out-turn to 30/09/2020<br>*Shona MacLennan, Ceannard* | |
| **11.0** | **ADHARTAS NAS LUAITHE** | **FASTER RATE OF PROGRESS** | 13.45-14.00 |
| | **Airson Fiosrachadh** *<br>Adhartas nas Luaithe<br>*Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd*<br>*Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig* | **For Information** *<br>Faster Rate of Progress<br>*Daibhidh Boag, Director of Language Planning & Community Developments*<br>*Jim Whannel, Director of Gaelic Education* | |
| **12.0** | **AM PLANA NÀISEANTA** | **THE NATIONAL PLAN** | 14.00-14.20 |
| | **Airson Fiosrachadh** *<br>Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2023-28<br>*Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd* | **For Information** *<br>National Gaelic Language Plan 2023-28<br>*David Boag, Director of Language Planning & Community Developments* | |
| | **Beàrn** | **Break** | 14.20-14.35 |
| **13.0** | **LEASACHADH NA BUIDHNE** | **ORGANISATIONAL DEVELOPMENT** | 14.35-15.25 |
| **13.1** | **Ri Aontachadh**<br>Am Plana Leasachaidh<br>*Jennifer Gilmour, Cathraiche Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh* | **For Decision**<br>Improvement Plan<br>*Jennifer Gilmour, Chair of the Improvement Plan Steering Group* | |
| **13.2** | **Ri Aontachadh**<br>Gnàth-riaghailtean Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh<br>*Shona NicIllinnein, Ceannard* | **For Decision**<br>Improvement Plan Steering Group Terms of Reference<br>*Shona MacLennan, Ceannard* | |
| **13.3** | **Airson Fiosrachadh***<br>Aithisg Oifigear Dìon-dàta<br>*Liz Taylor* | **For Information***<br>Data Protection Officer Report<br>*Liz Taylor* | |
| **14.0** | **RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN** | **RISK MANAGEMENT** | 15.25-15.40 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| | **Ri Aontachadh**<br>Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail<br>*Shona NicIllinnein, Ceannard* | **For Decision**<br>Strategic Risk Register<br>*Shona MacLennan, CEO* | |
| **15.0** | **PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH** | **BOARD WORK PLAN** | 15.40-15.45 |
| | **Ri Aontachadh**<br>Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh 2020/21<br>*Shona NicIllinnein, Ceannard* | **For Decision**<br>Board Workplan 2020/21<br>*Shona MacLennan, CEO* | |
| **16.0** | **CLÀR-AMA CHOINNEAMHAN 2021/22** | **CALENDAR OF MEETINGS 2021/22** | **15.45-15.50** |
| | **Ri Aontachadh**<br>Clàr-ama choinneamhan 2021/22<br>*Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan* | **For Decision**<br>Calendar of meetings 2021/22<br>*Louise Maclean, Operations Manager* | |
| **17.0** | **GISBE** | **AOCB** | 15..55-16.00 |
| | **Ceann-latha na h-ath coinneimh 24/02/2021** | **Date of next meeting 24/02/2021** | |
| | **Dùnadh na coinneimh** | **Close of meeting** | 16.15 |

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Am Bòrd-stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 2/12/2020 |
| **Àite:** | Aig astar |
| **Nì a' chlàr-ghnothaich** | 9.1 |

| | |
|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Maoin Taic COVID – Cuairt 2 |
| **Moladh do Bhuill** | Ri aontachadh |
| **Neach-labhairt:** | Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan |
| **Air ullachadh le:** | Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan |

| **Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
|---|---|---|
| Sgioba-stiùiridh | 19/11/2020 | Ri aontachadh |

| | |
|---|---|
| **1** | **Adhbhar** |
| 1.1 | A' sireadh aonta a' Bhùird-stiùiridh airson airgead a bharrachd a chur gu loidhne-bhuidseit Maoin Taic COVID-19. |
| **2.** | **Cùl-fhiosrachadh** |
| 2.1 | Tha cuingealachaidhean ri linn a' choròna-bhìoras air buaidh mhòr a thoirt air obair na Gàidhlig am-bliadhna, le tòrr thachartasan is chothroman a bhith cruinn còmhla air an cur dheth. |
| 2.2 | Tha tòrr bhuidhnean air oidhirp gu sònraichte math a dhèanamh ge-tà gus tachartasan a chumail air-loidhne, no dòighean ùra a lorg gus an obair aca a choileanadh is daoine a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh. |
| 2.3 | Bha sgeama taic-airgid Maoin Taic COVID soirbheachail aig Bòrd na Gàidhlig na bu thràithe air a' bhliadhna, is còrr is £200k de thaic-airgid air a thoirt seachad do chòrr is 40 phròiseact a bha ag amas air obair leasachaidh a dhèanamh san àm duilich seo. |
| 2.4 | Tha £100,000 ann am buidseat 2020/21 gus Maoin Co-obrachaidh a ruith a bhios a' cur taic ri phròiseactan a thèid a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas eadar diofar bhuidhnean lìbhrigidh com-pàirteach aig Bòrd na Gàidhlig. |
| 2.5 | Leis nach bi e comasach do chuid de thachartasan agus pròiseactan a bhiodh freagarrach airson na Maoin Co-obrachaidh a ruith air sgàth COVID-19, tha am pàipear seo ann gus an tèid am feum as fheàrr a dhèanamh leis an airgead a thaobh luach an airgid is buaidh a thaobh na Gàidhlig. |
| 2.6 | Tha còmhraidhean air a bhith ann eadar oifigearan a' Bhùird is buidhnean com-pàirteach agus buidhnean eile is iad a' cur fàilte air cothroman gus an obair aca atharrachadh is neartachadh anns an t-suidheachadh anns a bheil iad. |
| **3.** | **Prìomh Aithris/Fiosrachadh** |
| 3.1 | Thathar a' moladh cuairt eile de Mhaoin Taic COVID a ruith, leis gun robh a' chiad chuairt cho soirbheachail agus gu bheil airgead fhathast aig Bòrd na Gàidhlig ri chosg sa bhliadhna-ionmhais seo. |
| 3.2 | Bha a' chiad chuairt den sgeama gu math soirbheachail, is uiread de dh'ùidh ann is gun robh aig a' Bhòrd ri £100k a bharrachd aontachadh airson taic a chumail ris na pròiseactan iomchaidh uile. |

| | |
|---|---|
| 3.3 | Bidh a’ chuairt seo den sgeama gu sònraichte ag amas air taic a chumail ri buidhnean a tha lìbhrigeadh obair tro mheadhan na Gàidhlig le a bhith a’ leasachadh agus a’ dìon na h-obrach aca fhad ’s a tha cuingealachaidhean ann a thaobh gluasad no cruinneachadh air sgàth COVID-19. |
| 3.4 | Thathar ag amas gum bi trì phrìomhachasan aig an sgeama (leis an fhear mu dheireadh na amas ùr airson na cuairt seo den sgeama):<br>• Taic a chumail ri buidhnean a tha lìbhrigeadh obair Ghàidhlig airson leasachadh luchd-obrach no leasachadh nan dòighean-obrach aca<br>• Taic a chumail ri pròiseactan no iomairtean a chuireas taic ri cleachdadh na Gàidhlig am measg choimhearsnachdan fhad ’s a tha cuingealachaidhean ann, no às dèidh sin<br>• Taic a chumail ri trèanadh is leasachadh, gu h-àraidh ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean, gus cur ri obair Ghàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd. |
| 3.5 | Bidh pròiseactan air am measadh a rèir na buaidh a bhios ann don bhuidhinn agus don choimhearsnachd Ghàidhlig air fad, agus cuideachd a rèir na dìleib a bhios aige as dèidh don t-suidheachadh a thaobh COVID-19 fàs nas fheàrr. |
| 3.6 | Tha oifigearan a’ moladh ceithir atharraichean bhon chiad chuairt den sgeama:<br>• Gum bi prìomhachas ann sa chuairt seo air buidhnean nach d’ fhuair taic bhon chiad chuairt den sgeama.<br>• Gum faod luchd-iarrtais cur a-steach airson suas ri £20,000 ann an iarrtas.<br>• Nach fhaod luchd-iarrtais ach aon iarrtas a chur a-steach às leth na buidhne aca dhan sgeama seo.<br>• Clàr-ama airson pròiseactan eadar am Màirt 2021 agus an Dùbhlachd 2022. |
| 3.7 | Thathar an dùil gun tèid an sgeama fhoillseachadh gu math luath ma thèid aontachadh ris leis a’ Bhòrd-stiùiridh, agus gum bi aig iarrtasan ri bhith a-steach ro 21 Faoilleach 2021. |
| 3.8 | Mar a bha ann airson a’ chiad chuairt, bidh an taic seo feumail ann an iomadh dhòigh do na buidhnean seo, is i a’ ciallachadh gu bheil iad air stèidh nas fheàrr gus cothroman a ghabhail a chuireas taic ri coimhearsnachdan Gàidhlig san eadar-ama nuair a tha cuingealachaidhean ri linn COVID-19 ann, agus san àm ri teachd. |
| **4.** | **Moladh** |
| 4.1 | Gun tèid £200,000 sa bhuidseat airson na Maoin Co-obrachaidh a-nis a chleachdadh airson Maoin COVID. |
| 4.2 | Gum bi cead aig an Sgioba-stiùiridh sàbhalaidhean airgid ann an loidhnichean-buidseit leasachaidh eile a ghluasad don loidhne Maoin COVID airson taic a chumail rithe ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na th’ ann dè bhuidseat. |
| **5.** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |
| 5.1 | **Buaidhean air Ionmhas** |
| 5.1.1 | Bidh an sgeama seo a’ cleachdadh airgead nach deach a chosg gu ruige seo agus taic-airgid a chaidh ath-thilleadh thairis air loidhnichean-buidseit diofraichte. |
| 5.1.2 | Leis gum bi an sgeama seo a’ ruith thairis air dà bhliadhna-ionmhais, bidh buaidh ann air buidseat 2021/22, is tabhartasan fòn sgeama air am pàigheadh 80% aig tòiseach a’ phròiseict agus 20% aig deireadh a’ phròiseict. |

| | |
|---|---|
| 5.2 | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | Leis gur e sgeama taic-airgid a bharrachd a bhios ann, bidh buaidh air sgioba nan tabhartasan gu sònraichte. Thathas an dùil ge-tà gum bi e comasach dhaibh seo a choileanadh còmhla ris na dleastanasan eile aca. |
| 5.3 | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Chan eil gin ann. |
| 5.4 | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra** |
| 5.4.1<br><br><br>5.4.2 | San fharsaingeachd, leis nach bi an uiread de phròiseactan is tachartasan ann am-bliadhna air sgàth COVID-19, bidh sin a' ciallachadh nach tèid an aon uiread de ghnìomhan a' Phlana Chorporra a choileanadh leis na buidhnean a tha sinn a' maoineachadh.<br><br>Mar seo, bidh an sgeama seo gu math cudromach ann a bhith cumail ris na h-amasan againn airson fàs ann an cleachdadh, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig. |
| 5.5 | **Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| AR N-ADHBHAR | AR LUACHAN |
|---|---|
| Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach |

| AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA | | | |
|---|---|---|---|
| Còraichean daonna | ☐ | Clann | ☒ |
| Cultar | ☒ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| Àrainneachd | ☒ | Bochdainn | ☒ |
| Slàinte | ☒ | Eadar-nàiseanta | ☒ |
| Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☒ |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | ☒ | | |

| | |
|---|---|
| 5.6 | **Buaidhean air Cliù** |
| 5.6.1 | Bidh an obair a tha am Bòrd a dhèanamh gus taic a chumail ri buidhnean agus coimhearsnachdan tron mhaoin seo a' cur ri cliù na buidhne. |
| 5.7 | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** |
| | Bidh aig gach pròiseact ri dhearbhadh gun tèid am pròiseact aca a ruith ann an dòigh a tha leantainn an lagh is stiùireadh Riaghaltas na h-Alba ri linn a' choròna-bhìorais. |
| 5.8 | **Buaidhean Laghail** |
| | Bidh na pròiseactan a thèid a mhaoineachadh tron mhaoin seo a' cuideachadh Bòrd na Gàidhlig ann a bhith lìbhrigeadh dleastanasan a th' air a' bhuidhinn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 |
| 5.9 | **Buaidhean air Co-ionannachd** |
| | Chan eil gin ann. |

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Am Bòrd-stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 02 Dùbhlachd 2020 |
| **Àite:** | Air-loidhne |
| **Nì a' Chlàir-ghnothaich** | 9.2 |

| | | |
|---|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Aithisg Ionmhais gu 30 Sultain 2020 | |
| **Moladh do Bhuill** | Airson fiosrachadh * | |
| **Neach-labhairt:** | Ailig Greumach | |
| **Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
| Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan<br>Sgioba-stiùiridh | 27/10/2020<br>19/11/2020 | Airson fiosrachadh<br>Airson fiosrachadh |
| **Pàipear-taice air a cheangal ris** | PT1 – Aithisg Ionmhais gu 30 Sultain 2020 | |

**1.0 Adhbhar**

**1.1** Fiosrachadh a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh mu shuidheachadh an ionmhais bho 1 Giblean 2020 gu 30 Sultain 2020.

**2.0 Cùl-fhiosrachadh**

**2.1** 'S e amas a' phàipeir seo an aithisg ionmhais gu 30 Sultain 2020 (mìos 6 a-mach à 12) a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh.

Chaidh buidseat ùr aontachadh airson bliadhna 2020-21 san Lùnastal 2020 le prìomh fhigearan mar a leanas:

| Teachd-a-steach: | **£m** |
|---|---|
| Tabhartas-gus-Cuideachadh | 5.179 |
| Teachd-a-steach eile (CnP) | 0.100 |
| Maoin air adhart bho 2019-20 | 0.072 |
| Maoin air a tilleadh | 0.060 |
| **IOMLAN** | **5.411** |
| Cosgaisean: | |
| Leasachadh | 3.855 |
| Cosgaisean Ruith | 1.556 |
| **IOMLAN** | **5.411** |

'S e Covid an rud a tha air buaidh mhòr a thoirt air cùisean. Tha e fhathast duilich a' bhuaidh aig sin air obair BnG agus air an ionmhas a thomhas le cinnt. Gu dearbh tha buaidh ann air obair BnG fhèin, agus cuideachd air na buidhnean ris a bheil taic ga cumail, a' cur mall/stad/dàil orra neo ag atharrachadh nam modhan-obrach aca airson beagan ùine co-dhiù. Chan eil e furasta a' bhuaidh sin a thomhas ann an £'n aig an ìre seo.

## Geàrr-iomradh air Teachd-a-steach agus Cosgaisean

| **30 Sultain 2020** | **A' Mhìos Seo** | **Chun ìre seo sa Bhliadhna** | **Buidseat Bliadhna Iomlan** |
|---|---|---|---|
| **Teachd-a-steach** | **£m** | **£m** | **£m** |
| Tabhartas-gus-Cuideachaidh | 1.240 | 3.452 | 5.179 |
| Teachd-a-steach Eile (CnP msaa.) | 0.050 | 0.055 | 0.100 |
| Maoin air a Tilleadh | 0.006 | 0.040 | 0.060 |
| | 1.296 | 3.547 | 5.339 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Cosgaisean** | 0.212 | 1.965 | 5.411 |
| | 1.084 | 1.582 | -0.072 |
| Maoin a chaidh a thoirt air adhart* | 0.664 | 0.166 | 0.166 |
| Maoin a' dol air adhart* | 1.748 | 1.748 | 0.094 |

*Airgead agus cairt-chreideis

| | |
|---|---|
| **3.0** | **Prìomh Aithris/Fiosrachadh** |
| **3.1** | Aig an àm seo, le figearan 6 mìosan ri làimh agus suidheachadh gu tur neo-àbhaisteach fhathast ann, tha an claon de chosgaisean a' tuiteam air deireadh air buidseat a' leantainn. Roimhe seo, bha dòchas ann gun tigeadh piseach air Covid ach chan eil sin air tachairt agus tha a' bhuaidh a' mairsinn.<br><br>Ann an **Leasachadh**, tha cosgaisean air tuiteam air deireadh air buidseat mu 27%, (2019 -5%). Tha an sgioba a' rannsachadh chosgaisean airson comharrachadh far a bheil cosgaisean nach tachair sa bhliadhna – feumaidh coimhead ri prògraman airson comharrachadh dè nach tachair anns a' bhliadhna.<br><br>Air taobh **Chosgaisean Ruith,** tha iad seo air tuiteam air deireadh air buidseat mu 16% an taca ri +1% aig an aon àm an-uiridh. Tha raointean ann le sàbhalaidhean m.e. tuarastal agus siubhal, agus raointean eile far nach eil ann ach dàil sna cosgaisean m.e. togalaichean agus taic phroifeiseanta. Cha do thuit Cosgaisean Ruith gu ìre glè mhòr thairis air a' bhliadhna leis gu bheil an earrann as motha (72%) ann an tuarastal.<br><br>Cosgaisean ag èiridh a-mach a **Covid-19** dhan bhuidhinn: mu £5k air a chosg air rudan mar uidheamachd, ICT co-cheangailte ris an sgioba ag obair bho an dachaighean.<br><br>Aig an àm seo, chan eil e comasach beachd làidir a thoirt air ciamar a thionndaidheas gnothaichean a-mach airson na bliadhna air fad. Tha an sgioba a' coimhead gu mionaideach ri cosgaisean airson obair a stiùireadh gus am buidseat a chleachdadh gu h-èifeachdach. |
| **4.0** | **Moladh** |
| **4.1** | Thathas ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg seo agus am fiosrachadh a thoirt fa-near. |
| **5.0** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |
| **5.1** | **Buaidhean air Ionmhas** |
| | Buaidh air buidseatan a rèir na tha air ainmeachadh gu h-àrd. |
| **5.2** | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | Tha obair a bharrachd ann leis gum feum oifigearan barrachd sgrùdadh is planadh a dhèanamh leis nach eil e comasach do bhuidhnean a tha a' faighinn taic-airgid na planaichean aca a chur an gnìomh mar a bha iad an dùil. |
| **5.3** | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Chan eil buaidhean ann air trèanadh. |
| **5.4** | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra** |
| | Tha am pàipear seo a toirt taic dhan Bhòrd a bhith a' coileanadh nan uallaichean aca agus coileanadh nan amasan airson na bliadhna. |
| **5.5** | **Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| **AR N-ADHBHAR** | | **AR LUACHAN** | |
|---|---|---|---|
| Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | | 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach | |
| **AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA** | | | |
| Còraichean daonna | ☒ | Clann | ☒ |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | Cultar | ☒ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| | Àrainneachd | ☐ | Bochdainn | ☐ |
| | Slàinte | ☐ | Eadar-Nàiseanta | ☐ |
| | Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☒ |
| | Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | | | ☒ |
| **5.6** | **Buaidhean air Cliù** | | | |
| | Tha stiùireadh ionmhas gu coileanta a' cur ri cliù na buidhne. | | | |
| **5.7** | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** | | | |
| | Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd. | | | |
| **5.8** | **Buaidhean Laghail** | | | |
| | Chan eil buaidh laghail ann fon chuspair seo. | | | |
| **5.9** | **Buaidhean air Co-ionannas** | | | |
| | Chan eil buaidh air co-ionannas. | | | |

| Finance Report<br>30 September 2020 | Expenditure Current Month | Expenditure Year to Date | Budget Year to Date | Variance Year to Date | Annual Budget | Expenditure to Previous Month |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | £ | £ | £ | £ | £ | £ |
| **Development Expenditure** | | | | | | |
| | | | | | | |
| **Gaelic Usage** | | | | | | |
| ACG - Local Mòds Delivery | 1,250 | 3,750 | 3,750 | - | 5,000 | 2,500 |
| Hubs - An Tosgan Rent & Costs | - | 14,871 | 12,500 | 2,371 | 30,000 | 14,871 |
| Fèisean nan Gàidheal - Contribution to Core Costs | - | 15,300 | 15,300 | - | 30,600 | 15,300 |
| Fèisean nan Gaidheal - Sgoil Samhraidh Drama | - | 10,000 | 10,000 | - | 20,000 | 10,000 |
| Fèisean na Gaidheal - Song Writing | - | 2,500 | - | 2,500 | 5,000 | 2,500 |
| Fèisean na Gaidheal - Fèis TV | - | 5,000 | 5,000 | - | 10,000 | 5,000 |
| CnL - Contribution to Core Costs | - | 45,135 | 45,135 | - | 90,270 | 45,135 |
| CnL - Gaelic Publishing Grants | - | 34,500 | 34,500 | - | 69,000 | 34,500 |
| CNAG - Iomairtean | - | 158,100 | 158,100 | - | 316,200 | 158,100 |
| CNAG - National Youth Programme | - | 10,000 | 10,000 | - | 20,000 | 10,000 |
| An Lòchran - Contribution to Core Costs | - | - | 7,000 | (7,000) | 16,000 | - |
| An Lòchran - Annual Programme | - | - | - | - | - | - |
| An Lòchran - An Lèanag Lease & Service costs | 1,352 | 8,645 | 480 | 8,165 | 25,000 | 7,293 |
| ICCI - Gaelic Usage Programme | - | 15,250 | 15,250 | - | 30,500 | 15,250 |
| Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs | - | - | 9,375 | (9,375) | 29,250 | - |
| Cànan - FilmG | - | - | 19,000 | (19,000) | 19,000 | - |
| Ceòlas - Sgoil Shamhraidh | - | 9,400 | 5,000 | 4,400 | 14,400 | 9,400 |
| Ceòlas - Tachartasan | - | 5,000 | 5,000 | - | 10,000 | 5,000 |
| Acair - Contribution to Core Costs | - | 13,770 | 13,770 | - | 27,540 | 13,770 |
| Theatre gu Leòr - Contribution to Core Costs | - | 22,185 | 22,185 | - | 44,370 | 22,185 |
| Theatre gu Leòr - Creative Learning Programme | - | 5,750 | 5,750 | - | 11,500 | 5,750 |
| Covid-19 Support Fund | 11,360 | 94,950 | 40,000 | 54,950 | 114,000 | 96,790 |
| Collaboration Fund | - | - | 20,000 | (20,000) | 54,000 | - |
| GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Usage | 39,780 | 73,660 | 199,444 | (125,784) | 450,000 | 33,880 |
| GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Iomairtean | - | 115,040 | 82,065 | 32,975 | 182,360 | 115,040 |
| Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) [Community Grants | - | 17,202 | 86,653 | (69,451) | 112,110 | 17,202 |
| Colmcille [Irish Partnership] | 182 | 37,216 | 42,540 | (5,324) | 80,000 | 37,035 |
| Gaelic Arts Projects | - | 2,200 | 5,831 | (3,631) | 25,000 | 2,200 |
| Discretionary National Gaelic Language Plan Projects | - | - | 2,000 | (2,000) | 4,000 | - |
| Corpus Development | - | - | 19,800 | (19,800) | 50,000 | - |
| | | | | | | |
| **Total - Gaelic Usage** | **53,923** | **719,424** | **895,428** | **(176,004)** | **1,895,100** | **678,701** |
| | | | | | | |
| **Gaelic Learning** | | | | | | |
| Stòrlann - An Seotal | - | 7,500 | 7,500 | - | 15,000 | 7,500 |
| Stòrlann - Resources (0-5, Primary, Secondary, Adult) | - | 100,000 | 100,000 | - | 200,000 | 100,000 |
| Stòrlann - An t-Alltan | - | 30,000 | 30,000 | - | 60,000 | 30,000 |
| Stòrlann - Prelims | - | 5,000 | 5,000 | - | 10,000 | 5,000 |
| Fèisean nan Gaidheal - Feis Sgoil | - | 30,000 | 30,000 | - | 60,000 | 30,000 |
| CnL - Training Programme | - | 5,500 | 5,500 | - | 11,000 | 5,500 |
| Comann nam Pàrant (CnamP) | - | 63,750 | 63,750 | - | 127,500 | 63,750 |
| ICCI - Gaelic Tuition | - | 24,480 | 24,480 | - | 48,960 | 24,480 |
| Tobar an Dualchais - Contribution to Core Costs | - | - | 3,125 | (3,125) | 9,750 | - |
| Faclair na Gàidhlig - Contribution to Core Costs | - | 38,250 | 38,250 | - | 76,500 | 38,250 |
| MG Alba - Learn Gaelic | (0) | 34,740 | 16,500 | 18,240 | 34,740 | 34,740 |
| Ceòlas - GIFT | - | - | 6,000 | (6,000) | - | - |
| Ceòlas - Oifigearan Curriculum | - | 17,850 | 17,850 | - | 35,700 | 17,850 |
| Ceòlas - Clasaichean Coimhearsnachd | - | 1,000 | 1,000 | - | 2,000 | 1,000 |
| Acair - Gaelic Publishing Programme | - | 10,000 | 10,000 | - | 20,000 | 10,000 |
| GLAIF - GIFT | - | 500 | 125,000 | (124,500) | 125,000 | 500 |
| GLAIF - Learning | 20,877 | 36,743 | 80,000 | (43,257) | 300,000 | 15,866 |
| Early Years Support Scheme | 0 | 6,210 | 94,500 | (88,290) | 150,000 | 6,210 |
| Education and Learning Projects | - | 3,348 | 20,000 | (16,652) | 100,000 | 3,348 |
| Covid-19 Support Fund | - | 13,200 | 20,000 | (6,800) | 38,000 | - |
| Collaboration Fund | - | - | - | - | 18,000 | - |
| ITE Support | - | 10,800 | 15,000 | (4,200) | 75,000 | 10,800 |
| Data and Information Commissions | - | 10,990 | 5,000 | 5,990 | 50,000 | 10,990 |
| Canadian Scholarships | - | - | - | - | 8,000 | - |
| Teacher Recruitment Events | - | - | 5,000 | (5,000) | 10,000 | - |
| | | | | | | |
| **Total - Gaelic Learning** | **20,877** | **449,862** | **723,455** | **(273,594)** | **1,585,150** | **415,784** |

## Finance Report

**30 September 2020**

| | Expenditure Current Month | Expenditure Year to Date | Budget Year to Date | Variance Year to Date | Annual Budget | Expenditure to Previous Month |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | £ | £ | £ | £ | £ | £ |
| **Gaelic Promotion** | | | | | | |
| ACG - Contribution to Core Costs | 10,838 | 32,513 | 32,513 | - | 43,350 | 21,675 |
| ACG -Royal National Mòd Delivery | 13,125 | 39,375 | 39,375 | - | 52,500 | 26,250 |
| Fèisean nan Gaidheal - Blas Festival | - | 10,000 | 10,000 | - | 20,000 | 10,000 |
| CnL - Marketing | - | 3,750 | 3,750 | - | 7,500 | 3,750 |
| CnL - Duais Dhòmhnall Meek | - | 1,500 | 1,500 | - | 3,000 | 1,500 |
| ICCI - Contribution to Core Costs | - | 12,750 | 12,750 | - | 29,500 | 12,750 |
| Ainmean-àite na h-Alba - Contribution to Core Costs | - | 40,800 | 40,800 | - | 81,600 | 40,800 |
| Acair - Marketing | - | 5,000 | 5,000 | - | 10,000 | 5,000 |
| GLAIF - Promotion | - | - | 6,300 | (6,300) | 6,300 | - |
| Covid-19 Support Fund | - | - | - | - | 38,000 | - |
| Collaboration Fund | - | - | - | - | 18,000 | - |
| Marketing Campaigns & Duaisean Gàidhlig | 2,480 | 3,055 | 30,000 | (26,945) | 65,000 | 575 |
| **Total - Gaelic Promotion** | **26,443** | **148,743** | **181,988** | **(33,245)** | **374,750** | **122,300** |
| **TOTAL - DEVELOPMENT COSTS** | **101,243** | **1,318,028** | **1,800,871** | **(482,843)** | **3,855,000** | **1,216,785** |

## Running Costs

| **30 September 2020** | Expenditure Current Month | Expenditure Year to Date | Budget Year to Date | Variance Year to Date | Annual Budget | Expenditure to Previous Month |
|---|---|---|---|---|---|---|
| Staff Costs | 88,789 | 521,919 | 582,305 | (60,386) | 1,164,609 | 433,130 |
| Premises Costs | 157 | 6,907 | 6,342 | 565 | 12,684 | 6,750 |
| Travel & Hospitality | 618 | 1,819 | 18,255 | (16,436) | 36,505 | 1,201 |
| IT Costs | 5,474 | 47,506 | 43,163 | 4,342 | 86,323 | 42,032 |
| Shared Service Costs | 0 | 11,104 | 18,500 | (7,396) | 55,000 | 11,104 |
| Professional Fees | 8,356 | 33,590 | 54,530 | (20,941) | 119,514 | 25,234 |
| Other Costs | 7,269 | 24,430 | 44,155 | (19,725) | 81,310 | 17,161 |
| Capital Expenditure | 0 | 0 | 0 | 0 | 0 | 0 |
| **Total Running Cost Spend** | **110,663** | **647,274** | **767,250** | **(119,976)** | **1,555,945** | **536,611** |
| | | | | | | |
| **Total Organisation Spend** | **211,906** | **1,965,302** | **2,568,121** | **(602,818)** | **5,410,945** | **1,753,396** |

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Bòrd Stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 02 Dùbhlachd 2020 |
| **Àite:** | Air-loidhne |
| **Nì a' Chlàir-ghnothaich** | 10.1 |

| | | |
|---|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Atharrachadh Prìomh Chomharra Coileanaidh 3 | |
| **Moladh do Bhuill** | Ri Aontachadh | |
| **Neach labhairt:** | Joanne McHale | |
| **Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
| Sgioba Stiùiridh | 19/11/2020 | Ri Aontachadh |
| **Pàipear-taice air a cheangal ris** | PT1 – PCC 3 | |

| | |
|---|---|
| **1.0** | **Adhbhar** |
| **1.1** | A' sireadh aonta bhon Bhòrd Stiùiridh airson Prìomh Chomharra Coileanaidh 3 atharrachadh sa Phlana Gnìomh 2020-21 ri linn buaidh Covid-19. |
| **2.0** | **Cùl-fhiosrachadh** |
| **2.1** | Tha e air a bhith follaiseach, on a dhùin buidhnean tràth-bhliadhnaichean sa Mhàrt 2020 ri linn Covid-19 agus stiùireadh bhon Riaghaltas, nach biodh e comasach do Bhòrd na Gàidhlig PCC 3 a choileanadh:<br><br>***Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean.***<br>*More children participating in early years' sessions.*<br><br>Às dèidh nan còmhraidhean a chaidh a chumail aig Coinneamhan den Bhòrd Stiùiridh agus Sgioba Stiùiridh san t-Samhain, chaidh beachdachadh air PCC na bu fhreagarraiche don t-suidheachadh anns a bheil sinn ag obair. |
| **3.0** | **Prìomh Aithris/Fiosrachadh** |
| **3.1** | Fhad 's a tha na buidhnean air a bhith dùinte, tha an t-Oifigear Leasachaidh (Foghlam) agus Luchd-taic nan Tràth-bhliadhnaichean air a bhith ann an conaltradh ri na buidhnean airson taic a thoirt seachad tron t-suidheachadh mhì-àbhaisteach seo.<br><br>Thàinig stiùireadh bhon Riaghaltas aig deireadh an Lùnastail 2020 gum biodh e ceadaichte do bhuidhnean ath-thòiseachadh a' leantainn riaghailtean sònraichte, ach fiu 's leis an sin tha cùisean air a bhith anabarrach doirbh dhan roinn seo.<br><br>Choinnich àireamh bheag de bhuidhnean air-loidhne air feadh a' ghlasaidh-shluaigh, agus on a thàinig an stiùireadh bhon Riaghaltas gun robh e ceadaichte fosgladh a-rithist, tha àireamh bheag air ath-thòiseachadh, ach tha cuingealachaidhean ag adhbharachadh trioblaid don mhòr-chuid dhiubh.<br><br>Chaidh Sgeama Thabhartasan Foghlaim nan Tràth-bhliadhnaichean air adhart mar as àbhaist eadar an Cèitean is an t-Iuchar ach bha iarrtasan sìos air an-uiridh.<br><br>Chaidh sgrùdadh a dhèanamh san Ògmhios air mar a bha Covid-19 air buaidh a thoirt air buidhnean.<br><br>Chaidh sgrìobhan a chur ri chèile le molaidhean is stiùir do bhuidhnean le fiosrachadh mu dheidhinn ath-thòiseachadh, gluasad gu dòighean-obrach eile agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh.<br><br>Tha an sgioba ann an co-bhann ri Stòrlann ag ullachadh trèanadh air-loidhne a thèid air adhart san t-Samhain is san Dùbhlachd air a' ghoireas Gàidhlig nan Òg. Thèid trèanadh a bharrachd mu chluich air a' bhlàr a-muigh a thoirt seachad tràth ann an 2021.<br><br>Tha an sgioba cuideachd ag obair gus ceangal nas dlùithe a dhèanamh le ùghdarrasan ionadail. |
| **4.0** | **Moladh** |
| **4.1** | Thathar ag iarraidh oirbh mar Bhòrd Stiùiridh aontachadh gun tèid atharrachadh air PCC 3 bho: |

| | |
|---|---|
| | **Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean.**<br>*More children participating in early years' sessions.*<br><br>Gu:<br><br>**A' cumail taic ri seirbheisean làithreach.**<br>*Maintain support for existing provision.* |
| **5.0** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |
| **5.1** | **Buaidhean air Ionmhas** |
| | Cha bhi buaidh ann. |
| **5.2** | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | Nì seo cùisean nas fhasa do chuid den luchd-obrach leis nach bi uallach ann nach gabh PCC 3 mar a tha e an-dràsta a choileanadh ri linn Covid-19. |
| **5.3** | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Cha bhi buaidh ann. |
| **5.4** | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra** |
| | Amas 2: Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail. |
| **5.5** | **Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| AR N-ADHBHAR | AR LUACHAN |
|---|---|
| Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach |

| AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA | | | |
|---|---|---|---|
| Còraichean daonna | ☐ | Clann | ☒ |
| Cultar | ☐ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| Àrainneachd | ☐ | Bochdainn | ☐ |
| Slàinte | ☐ | Eadar-Nàiseanta | ☐ |
| Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☐ |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | | | ☐ |

| | |
|---|---|
| **5.6** | **Buaidhean air Cliù** |
| | Chuireadh seo ri cliù na buidhne. |
| **5.7** | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** |
| | Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd. |
| **5.8** | **Buaidhean Laghail** |
| | Cha bhi buaidh air lagh. |
| **5.9** | **Buaidhean air Co-ionannas** |
| | Cha bhi buaidh air co-ionannas. |

## 1. Moladh

Leis nach eil a' mhòr-chuid dhe na buidhnean tràth-bhliadhnaichean air ath-thòiseachadh, cha bhi e comasach am PCC 3 a leanas a choileanadh ro dheireadh a' Mhàirt 2021:

***Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean*.**

Mar sin, thathar a' moladh gun tèid atharrachadh gu:

| PCC | Targaidean |
|---|---|
| **PCC3**<br><br>**A' cumail taic ri seirbheisean làithreach.**<br>Maintain support for existing provision. | Cruinnichidh sinn 'Plana B' bho gach buidheann a fhuair maoineachadh tro sgeama Thabhartasan Foghlaim nan Tràth-bhliadhnaichean. |
| | Prògram air an lìbhrigeadh le goireas ri fhaighinn air loidhne gach seachdain eadar Am Faoilleach sa Mhàrt 2021. |
| | 6 cothroman trèanaidh air loidhne ri fhaighinn tron bhliadhna. |
| | Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air an trusadh, air cnuasachadh orra, is air an cur an gnìomh. |

## 2. Buidhnean Tràth-Bhliadhnaichean 2020 – 2021

Sa Mhàrt 2020, b' fheudar do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean air feadh Alba stad ri linn Covid-19 agus Stiùireadh bhon Riaghaltas.

Tron àm sin, choinnich àireamh bheag de bhuidhnean air-loidhne.

Às dèidh cha mhòr 5 mìosan, aig deireadh an Lùnastail 2020, thàinig stiùireadh bhon Riaghaltas gum biodh e ceadaichte do dh'obair òigridh neo-riaghlaichte tòiseachadh a-rithist, a' leantainn stiùireadh sònraichte.

Airson ath-thòiseachadh, feumaidh na buidhnean tràth-bhliadhnaichean stiùireadh nàiseanta a leantainn agus, bhon Dàmhair 2020, ri stiùireadh ionadail a leantainn ri linn dè an ìre anns a bheil an t-seirbheis.

Fiù 's le stiùireadh a tha a' toirt cead do bhuidhnean ath-thòiseachadh, tha na cuingealachaidhean a tha na lùib a' cur bacadh air a' mhòr-chuid dhe na buidhnean leis gu bheil na leanas ainmichte:

- Casg air seinn
- Casg air cuid ghoireasan
- Casg air greim-bidhe
- Casg air àireamhan a tha ceadaichte
- Casg air fad an t-seisein

A bharrachd air sin, tha an t-uabhas obair ri dhèanamh ro-làimh le uallach ann airson measaidhean cunnairt, trèanadh do luchd-obrach agus glanadh a bharrachd, agus tha a' mhòr-chuid de bhuidhnean air an ruith gu saor-thoileach.

## 3. Taic bho Bhòrd na Gàidhlig

Tha an t-Oifigear Leasachaidh (Foghlam) agus Luchd-taic nan tràth-bhliadhnaichean air a bhith a' cumail taic ri na buidhnean tràth-bhliadhnaichean, on a stad iad sa Mhàrt, tro chonaltradh cunbhalach.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air buaidh Covid-19 air na buidhnean tro cheisteachan san Ògmhìos 2020.

Ruith sgeama Thabhartasan Foghlaim nan Tràth-bhliadhnaichean mar as àbhaist eadar an Cèitean is an t-Iuchar ann an co-bhann ri Comann nam Pàrant agus chaidh taic luach £87,270 a thoirt do 23 bhuidhnean. Tha sinn cuideachd air a bhith sùbailte a thaobh iarrtasan anmoch ri linn an t-suidheachaidh mhì-àbhaistich anns a bheil sinn agus leis gun robh sinn mothachail gun robh an àireamh de dh'iarrtasan air tuiteam bhon uiridh.

Chaidh stiùireadh air adhart chun nam buidhnean san Dàmhair 2020 le molaidhean a thaobh obair eadar-dhealaichte a dh'fhaodadh buidhnean a bhith a' gabhail os làimh: air-loidhne beò, air-loidhne clàraichte ro-làimh agus air a' bhlàr a-muigh.

Tro chonaltradh ri buidhnean a tha air ath-thòiseachadh, tha an sgioba a' cruinneachadh agus a' sgaoileadh eisimpleirean de dheagh-chleachdadh gus taic a chumail ri buidhnean eile.

Ann an co-bhann ri Stòrlann Nàiseanta, gheibh buidhnean tràth-bhliadhnaichean cothrom trèanadh a dhèanamh air-loidhne air a' ghoireas Gàidhlig nan Òg. Thèid seo air adhart san t-Samhain is san Dùbhlachd 2020.

Tha an sgioba cuideachd ag obair gus trèanadh air-loidhne ullachadh mu dheidhinn cluiche air a' bhlàr a-muigh, a bhios a' ruith uaireigin eadar am Faoilleach is am Màrt 2021.

Tha Sgioba nam Planaichean agus Sgioba an Fhoghlaim mar-thà ag obair ann an co-bhann air gealltanasan foghlaim ann am planaichean Gàidhlig nan Ùghdarrasan Poblach, agus tha seo a' gabhail a-steach amasan airson roinn nan tràth-bhliadhnaichean. Thèid barrachd co-obrachadh a chur air dòigh gus seo a leasachadh anns na mìosan a tha romhainn.

Thèid barrachd co-obrachadh a dhèanamh le Ùghdarrasan Ionadail anns na mìosan a tha romhainn gus aontachadh air cothroman airson an t-seirbheis tràth-bhliadhnaichean a neartachadh ann an diofar sgìrean.

**An suidheachadh an-dràsta**

Tha àireamh glè bheag de bhuidhnean air ath-thòiseachadh gu ruige seo agus tha seo comasach leis gu bheil iad:

- A' coinneachadh air-loidhne
- Air gluasad chun a' bhlàir a-muigh
- Air na h-àireamhan aca a ghearradh

Tha e fìor, ge-tà, nach eil e air a bhith comasach don mhòr-chuid ath thòiseachadh aig an ìre seo ri linn grunn adhbharan, leithid:

- B' àbhaist dhaibh a bhith a' coinneachadh ann an sgoil agus chan eil e ceadaichte dhaibh tilleadh an-dràsta ri linn poileasaidhean nan Ùghdarrasan Ionadail.
- Chan eil mòran tallachan coimhearsnachd, far a bheil tòrr eile a' coinneachadh, fosgailte a-rithist fhathast.
- Chan eil àite air a' bhlàr a-muigh freagarrach aca.

- ’S e luchd-saor thoileach a tha a’ ruith nam buidhnean agus leis na h-uallaichean a bharrachd co-cheangailte ris na cuingealachaidhean a bharrachd, chan eil e air a bhith comasach dhaibh ath-thòiseachadh.

**4. Co-dhùnadh**

Tha buidhnean tràth-bhliadhnaichean air leth cudromach do shoirbheachas FtMG agus feumar taic is sùbailteachd a thoirt don t-seirbheis seo gus a bhith cinnteach gum bi cùisean seasmhach san àm ri teachd.

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Bòrd-stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 02/12/2020 |
| **Àite:** | Air-loidhne |
| **Nì a' Chlàir-ghnothaich** | 10.2 |

| | | |
|---|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Coileanadh a' Phlana Gnìomh | |
| **Moladh do Bhuill** | Airson fiosrachadh * | |
| **Neach-labhairt:** | Shona NicIllinnein, Ceannard | |
| **Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
| Sgioba-stiùiridh<br>Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan | 07/10/2020<br>27/10/2020 | Airson aontachadh<br>Airson fiosrachadh |
| **Pàipear-taice air a cheangal ris** | Tha- Pàipear-taice 1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21 | |

| | |
|---|---|
| **1.0** | **Adhbhar** |
| **1.1** | 'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Bhòrd-stiùiridh air coileanadh ghnìomhan ann an 2020/21 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2020/21. |
| **2.0** | **Cùl-fhiosrachadh** |
| **2.1** | Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023. |
| **2.2** | Tha Plana Gnìomh 2020/21 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo. |
| **3.0** | **Prìomh Aithris/Fiosrachadh** |
| **3.1** | Aig an ìre seo, tha aon phuing gu sònraichte cudromach – buaidh Covid-19.<br><br>Tha cunnart ann nach tèid cuid de na gnìomhan a choileanadh agus tha oifigearan ag obair taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus slighean eile a chur an gnìomh gus an tèid na toraidhean a libhrigeadh.<br><br>Bha coinneamh den bhòrd-stiùiridh ann air 02/11/2020 gus coimhead a-rithist air prìomhachasan sa Phlana Gnìomh, ann an co-theacsa COVID-19.<br><br>Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach Prìomh Chomharra Coileanadh agus gach gnìomh. |
| **4.0** | **Moladh** |
| **4.1** | Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo |
| **5.0** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |

| | |
|---|---|
| **5.1** | **Buaidhean air Ionmhas** |
| | Tha buaidh aig COVID air mar a tha pròiseactan a' ruith, le cuid a' ruith air dheireadh, cuid nach eil air thòiseachadh agus gun do steidhich BnG maoin sònraichte airson deiligeadh ri buaidh COVID air a' Ghàidhlig. |
| **5.2** | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | Bidh buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a tha an sgioba a' toirt air adhart. |
| **5.3** | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, tha iad a' ciallachadh gum bi treànadh a bharrachd a dhìth air cuid. |
| **5.4** | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra** |
| | Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig. |
| **5.5** | **Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| AR N-ADHBHAR | AR LUACHAN |
|---|---|
| Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach |

**AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA**

| | | | |
|---|---|---|---|
| Còraichean daonna | ☒ | Clann is Òigridh | ☒ |
| Cultar | ☒ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| Àrainneachd | ☒ | Bochdainn | ☐ |
| Slàinte | ☒ | Eadar-Nàiseanta | ☒ |
| Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☒ |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | ☒ | | |

| | |
|---|---|
| **5.6** | **Buaidhean air Cliù** |
| | Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne. |
| **5.7** | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** |
| | Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd. |
| **5.8** | **Buaidhean Laghail** |
| | Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo. |
| **5.9** | **Buaidhean air Co-ionannachd**<br>Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd. |

# A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2020-21

| | |
|---|---|
| **Ar Lèirsinn:** Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha. | **Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset |

## 1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

## 1. Using Gaelic

| | |
|---|---|
| **Prìomhachasan Ro-innleachdail** Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd | **Strategic Priority 1**<br>More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community |

| | |
|---|---|
| ▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?** | Tha am Plana Corporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig gu mòr stèidhichte air a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus tha e a' toirt stiùir dhuinn air mar a bhios an obair againn a' dèanamh diofar gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh barrachd dhaoine le bhith a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd. |
| ▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?** | Chan eil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bha sinn an dùil air sgàth COVID-19 agus air sgàth na buaidh a thug sin air diofar bhuidhnean agus pròiseactan air feadh na dùthcha. Ged a bha cùisean a' fàs beagan na bu dhòchasaiche aig toiseach an t-samhraidh, tha e follaiseach gum bi buaidh ann airson greis fhathast. 'S e deagh naidheachd a th' ann gu bheil sgoilearan air ais ann an sgoiltean agus a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-rithist ged nach eil e tachartasan aghaidh-ri-aghaidh às dèidh na sgoile a' dol air adhart mar a b' àbhaist. Tha draghan mòra ann mu dheidhinn suidheachadh na h-eaconamaidh air feadh na dùthcha agus gu sònraichte ann an cuid de na roinnean, leithid cultar agus turasachd, far a bheil dlùth cheangal ri cleachdadh na Gàidhlig. |

| Prìomh Chomharra Coileanaidh | Targaid | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/ Uaine | | |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 1:**<br><br>Barrachd chothroman do dhaoine an sgilean Gàidhlig a chur gu feum | Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar | Chuir Bòrd na Gàidhlig coimisean rannsachaidh air dòigh ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh Dhùn Èideann gus coimhead air na cnapan-starra a th' ann am measg luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile. Thòisich a' phròiseact mar a bhathas an dùil ach ri linn COVID-19 tha am pròiseact seo air a thighinn gu stad. Thathas an dùil gun tòisich e a-rithist nuair a bhios cùisean nas sàbhailte. Le cùisean COVID-19 anns na h-Eileanan Siar a' dol suas, tha cunnart ann nach bi e comasach crìoch a chur air a' phròiseact seo sa ghèarr-ùine. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba | Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri pròiseactan ann an coimhearsnachdan air feadh Alba a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo ann am bliadhna ionmhais 20-21 tha sinn a' cumail taic ris na leanas:-<br>- 18 pròiseactan Colmcille<br>- 47 pròiseactan GLAIF<br>- 74 pròiseactan Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC)<br>- 46 tabhartasan foghlaim<br>- 23 buidhnean tràth-bhliadhnaichean<br>- 39 pròiseactan ri linn COVID-19<br>- 13 prìomh bhuidhnean lìbhrigidh<br>- 20 pròiseactan "Eile" nach eil tighinn fo sgèith nan sgeamaichean gu h-àrd<br>**280** pròiseactan uile-gu-lèir a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.<br>Cuideachd, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le 68 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig reachdail aontaichte no a tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Tha na buidhnean seo ag obair ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 2:**<br><br>Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a'dèanamh diofar nam bheatha" | Comharrachadh àireamh bhun-loidhne de dhaoine a tha ag aithris gu bheil buaidhean deimhinneach ann mar thoradh air cleachdadh na Gàidhlig | Tha an obair seo stèidhichte air an fhiosrachadh a bhios anns na h-aithisgean adhartais agus deireannach a chuireas buidhnean gu Bòrd na Gàidhlig. Tha an obair seo a' dol air adhart beag air bheag agus mar bu chòir. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Fianais gu bheil barrachd chothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheil iad a' cur an cuid sgilean Gàidhlig gu feum | Tha còmhraidhean a' dol air adhart le Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus fàs a thoirt air cothroman preantasachd a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no far am bi cothrom aig daoine òga na sgilean Gàidhlig aca a chur gu feum anns an àite-obrach. Ghabh 4 daoine òga pàirt anns an sgeama grèis gnìomhachas aig Comhairle nan Eilean Siar le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air mìosan an t-samhraidh, a dh' aindeoin nan duilgheadasan a bh' ann ri linn COVID-19. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

| **Cothroman Ùra**<br>Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn? |
|---|
| Tha na h-àireamhan dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne fhathast a' fàs gu sònraichte tro Duolingo agus tro LearnGaelic.scot. Tha e cudromach gu bheil sinn a' gabhail a' chothruim seo a) gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig anns na bliadhnaichean ri teachd b) gus taic airson na Gàidhlig ann an Alba a leudachadh agus c) gus am bi a' mhargaid airson seirbheisean Gàidhlig nas motha.<br><br>Tha barrachd dhaoine ag obair bhon taigh a-nis agus bidh an suidheachadh seo a' leantainn air adhart airson nam mìosan ri thighinn. Tha cothroman ann le seo a) nach bi daoine le sgilean Gàidhlig a' gluasad air falbh bho choimhearsnachdan Gàidhlig agus b) gum bi cothrom aig daoine le sgilean Gàidhlig gluasad gu coimhearsnachdan Gàidhlig.<br><br>Le barrachd dhaoine nas sgileil a thaobh a bhith coinneachadh ri daoine eile air-loidhne mar eisimpleir tro Zoom mar a bha iad, tha cothrom ann gum bi comasan aig barrachd dhaoine pàirt a ghabhail ann an tachartasan Gàidhlig air-loidhne thairis air na mìosan ri thighinn. |

**1.1 Gnìomhan 2020-21**

| 1. A' Cleachdadh na Gàidhlig | Gnìomhan 2020-21 | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig am measg na feadhna aig a bheil sgilean Gàidhlig | Crìoch a chur air pròiseact rannsachaidh tùsail sna h-Eileanan Siar gus cnapan-starra aithneachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig sa choimhearsnachd ud | Thòisich a' phròiseact mar a bhathas an dùil ach ri linn COVID-19 tha am pròiseact seo air a thighinn gu stad. Thathas an dùil gun tòisich e a-rithist nuair a bhios cùisean nas sàbhailte. Le cùisean COVID-19 anns na h-Eileanan Siar a' dol suas, tha cunnart ann nach bi e comasach crìoch a chur air a' phròiseact seo sa ghèarr-ùine. | Orainds | Orainds | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Iomairt #cleachdi air a leasachadh thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach | Thug COVID-19 buaidh mhòr air an adhartas a bh' againn le #cleachdi am measg bhuidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach agus chan eil air a bhith comasach dhuinn bathar (mar eisimpleir bràistean agus postairean) a phostadh a-mach gu buidhnean. Tha còmhraidhean air a bhith ann le buidhnean Gàidhlig gus am bi e comasach dhuinn am bathar #cleachdi a sgaoileadh tro na lìonraidhean aca, gu sònraichte anns na h-Eileanan Siar. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Cuir air dòigh lìonra de charaidean cleachdaidh air-loidhne gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud | Cha do chuir sinn lìonra air dòigh fhathast. Thathas a' sùileachadh seo a dhèanamh còmhla ri prìomh chom-pàirtichean (m.e. Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste a' Chaisteil, E-sgoil, LearnGaelic.scot, Duolingo) gus siostam de charaidean cànain a chur air dòigh airson cuideachadh le ionnsachadh agus / no dèiligeadh ri leth-oireachd (*isolation*). | Dearg | Orainds | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Cuir am meud cothroman do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig nas trice | Pròiseactan thar-churraicealaim air am maoineachadh gus taic a chumail ri sgoilearan àrd-sgoile ann am foghlam na Gàidhlig gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice | Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt maoineachadh do diofar phròiseactan gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg sgoilearan àrd-sgoile – gu sònraichte 15 Oifigearan Iomairt aig Comunn na Gàidhlig, le dlùth ceangal ri sgoilearan àrd-sgoile air feadh na h-Alba, le lìonra gu sònraichte làidir anns na h-Eileanan Siar. | Uaine | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Cuir air dòigh lìonra de dh'àiteachan is cothroman do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice | Cha do chuir Bòrd na Gàidhlig lionra mar seo air dòigh fhathast agus tha ceist mhòr ann a-nis am bi e comasach seo a dhèanamh idir ro dheireadh a' Mhàirt 2021, leis nach bi e comasach seo a dhèanamh aghaidh-ri-aghaidh airson greis fhathast. | Dearg | Orainds | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Pròiseactan air am maoineachadh a tha a' furastachadh tar-chur eadar-ghinealach de sgilean Gàidhlig | Tha Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh pròiseactan a bhios a' cuir air adhart tar-chur eadar-ghinealaich, am measg nam prìomh bhuidhnean leasachaidh mar eisimpleir Tobar an Dualchais, An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal. | Dearg | Orainds | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Brosnachadh aithne den cheangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus piseach air sunnd | Thèid frèam a chruthachadh gus buannachdan sunnd a thomhas agus iad ceangailte ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig | Ri linn COVID-19, thèid am frèam fhèin a chruthachadh san dàrna leth den bhliadhna, le fòcas aig an ìre seo air rannsachadh nam pàipearan a tha ann an Alba no suidheachaidhean eile le mion-chànanan far a bheilear a' sealltainn ceangal eadar cleachdadh cànain agus sunnd. Sa chiad dol-a-mach bidh am frèam stèidhte air builean rannsachaidh a nithear aig a' bhòrd. | Dearg | Orainds | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Thèid 6 rannsachaidhean cùise foillseachadh a tha ga dhèanamh nochdte gu bheil ceangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus sunnd | Cha deach rannsachaidhean cùise fhoillseachadh fhathast. Tha sinn a' cur fòcas an-dràsta air 2 rannsachadh cùise le fòcas air Gàidhlig is sunnd ann an co-theacsa a' ghlasaidh-shluaigh. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Obair le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an leasachaidhean sòisealta, cultarail is eaconamach | Cairt Coimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar ann an com-pàirteachas le Comhairle nan Eilean Siar agus Riaghaltas na h-Alba air a cur air bhonn agus air a thoirt am follais. | Cha deach Cairt Coimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar a chur air bhonn fhathast. Tha Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar ag obair air a' phròiseact seo còmhla, leis an amas "Gàidhlig an toiseach" a thoirt air adhart agus gus am bi na goireasan againn ag obair nas èifeachdaiche còmhla. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Cothroman air an leasachadh do dhaoine òga le sgilean Gàidhlig a bhith a' dol bhon sgoil a-steach gu obraichean de dheagh chàileachd far an tèid aca air na sgilean sin a chleachdadh. | Tha còmhraidhean a' dol air adhart le Leasachaidh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus fàs a thoirt air cothroman preantasachd a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no far am bi cothrom aig daoine òga na sgilean Gàidhlig aca a chur gu feum anns an àite-obrach. Ghabh 4 daoine òga pàirt anns an sgeama grèis gnìomhachas aig Comhairle nan Eilean Siar le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air mìosan an t-samhraidh, a dh'aindeoin nan duilgheadasan a bh' ann ri linn COVID-19. | Orainds | Uaine | stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

**2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig**

**2. Learning Gaelic**

Seisean Fosgailte
Cuspair 10.2

| **Prìomhachas Ro-innleachdail 2:**<br>Tha cothroman air leudachadh, agus nas ruigsinniche, do dhaoine aig aois sam bith gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh | **Strategic Priority 2:**<br>Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible |
|---|---|

| | |
|---|---|
| ▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?** | Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro:<br>Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànan ionnsachadh (luchd-fileanta agus luchd-ionnsachaidh)<br>Neartachadh ìomhaigh a' chànain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta)<br>A' leudachadh siostaman conaltraidh agus co-obrachaidh airson na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh. |
| ▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?** | Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa). |

| Prìomh Chomharra Coileanaidh | Targaid | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Oraindh/Uaine | | |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 3:**<br>Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean<br>*More children participating in early years' sessions* | Meudachadh de 10% ann an dòighean-inntrigidh gu tràth-bhliadhnaichean (a' toirt a-steach Bookbug, Seiseanan nan Tràth-bhliadhnaichean, is msaa) | Tha Bòrd na Gàidhlig ann an conaltradh leis na buidhnean tràth-bhliadhnaichean agus Urras Leabhraichean na h-Alba gus dàta a chruinneachadh mu na seisean bookbug Gàidhlig a chaidh a lìbhrigeadh air-loidhne.<br><br>Tha buidhnean tràth-bhliadhnaichean an-dràsta ag obair air dòighean lìbhrigidh eadar-dhealaichte le measgachadh de bhuidhnean a tha an dùil feuchainn ri coinneachadh aghaidh-ri-aghaidh a-rithist agus iadsan a tha an dùil cothroman air-loidhne a chruthachadh.<br><br>Tha 12 buidhnean air ath-thòiseachadh air-loidhne no aghaidh-ri-aghaidh gu ruige seo (a' mhòr-chuid air lòidhne). | | | Stiùiriche Foghlam |
| | Meudachadh de 10% ann an gabhail ri seiseanan tràtha le teaghlaichean | Beachdaichidh sinn gu cunbhalach air seo – ann an co-theacsa Covid-19 – tha coltas ann gum bi sinn ga mheasadh gach trì mìosan (a rèir dòighean-lìbhrigidh ath-leasaichte ri linn Covid-19).<br><br>Leis mar a tha an Stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba a-nis air a ràdh gun urrainn do bhuidhnean neo-riaghlaichte ath-thòiseachadh, ma ghabhas iad ri bacaidhean, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus stiùir is taic a thoirt do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean. Tha e soilleir san Stiùireadh ge-tà gum bu chòir buidhnean fhathast a bhith a' beachdachadh air dòighean-obrach eadar-dhealaichte m.e. air-loidhne. Ma thilleas buidhnean, bidh cuideachd bacadh air rudan leithid: na h-àireamhan a tha ceadaichte a bhith a' frithealadh, àireamhan teaghlaichean a tha ceadaichte tighinn còmhla agus cur-seachadan a tha e ceadaichte lìbhrigeadh anns na seiseanan . Le sin, tha Bòrd na Gàidhlig air:<br>• Plana B iarraidh bho gach buidheann feuch dè ghabhas a choileanadh mura h-eil e comasach dhaibh tilleadh gus coinneachadh aghaidh ri aghaidh.<br>• Dreach molaidhean a chruthachadh air dè dh'fhaodadh a bhith air an lìbhrigeadh a thèid a' sgaoileadh do gach buidheann a tha air maoineachadh sireadh bhuainn<br>• A bhith sùbailte a thaobh ceann-là dùnaidh airson sgeama Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean, le fàilte air buidhnean a bhith a' cur iarrtas a-steach fhathast.<br>• A bhith ann an conaltradh le Comann nam Pàrant agus CORRA mun t-suidheachadh. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| | Meudachadh de 10% ann an taic do dh'airich-chloinne is luchd-cùraim | Le fòcas air airich-cloinne tha planaichean ann airson nan ath cheumannan.<br><br>Chaidh conaltradh a dhèanamh leis a' bhuidhinn Scottish Childminding Association (SCMA), a' feitheamh air fiosrachadh a thighnn air ais bhuapa. | | | Manaidsear Foghlaim |
| | Meudachadh ann an trèanadh is solar airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh | Leis nach eil na buidhnean tràth-bhliadhnaichean a' coinneachadh an-dràsta, tha dàil ann a thaobh trèanadh air a' bhlàr a-muigh ach tha còmhraidhean a' leantainn le Stòrlann. | | | Manaidsear Foghlaim |
| | Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air an trusadh, air cnuasachadh orra, is air an cur an gnìomh | Adhartas le fòrmatan, gus a bhith deiseil airson cleachdadh nas èifeachdaiche nuair a thilleas sinn gu libhrigeadh nas àbhaistiche. | | | Manaidsear Foghlaim |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 4:**<br>Barrachd chothroman aig daoine an sgilean Gàidhlig a leasachadh<br><br>*More opportunities for people to enhance their Gaelic skills* | Meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann an FtG agus FLI | Tha sinn an dùil gum bi àireamh na cloinne ann am FtG a' dol am meud. A thaobh FLI tha coltas ann gum bi sinn feumach air sealladh nas fhad-ùiniche (gus am bi leasachaidhean leis an ATQ Gaelic a' toirt buaidh air an t-siostam, mar eisimpleir).<br><br>Bha àrdachadh anns na h-àireamhan am FtG aig ìre na bun-sgoile eadar: 2018/19 (3,471) agus 2019/20 (3,701) agus ann am FtG aig ìre na h-àrd-sgoile 2018/19 (1,423) agus 2019/20 (1,451). Chaidh na h-àireamhan airson FLi am meud cuideachd: 2018/19 (3,266) agus 2019/20 (3,605). | | | Manaidsear Foghlaim |

| Prìomh Chomharra Coileanaidh | Targaid | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| | Meudachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach | Obair a' leantainn ann am com-pàirteachas – tha fianais ann gu bheil ùidh ann an ionnsachadh air-loidhne air fàs gu mòr (Learn Gaelic, Duolingo is msaa).<br>Coinneamh fhoirmeil LearnGaelic 26.06.20. Coinneamh-taic airson LearnGaelic 23.06.20<br>Coinneamh fhoirmeil LearnGaelic 7.09.20 | Orainds | Uaine | Stiùiriche Foghlaim |
| | Meudachadh de Churraicealam FtG aig Tràth-ìre na h-Àrd-sgoile | Lèirsinn againn gum biodh seo na leasachadh leantainneach – a' togail suas lìbhrigidh gach seisean. Bidh adhartas air seo a' crochadh air libhrigeadh èifeachdach ann am planadh / aithriseadh bliadhnail.<br>Coinneamh Sgrùdaidh leis an OECD Curriculum Review 2.10 - le BnaG/CnamP/Fèisean nan G agus Comhairle Baile Ghlaschu a' riochdachadh FtG. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Foghlaim |
| | Tha plana Gàidhlig air a chur an gnìomh aig gach Àrd-sgoil a tha a' lìbhrigeadh FtG/FLI | Tha coltas ann gum bi sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail gus adhartas a bharrachd a choileanadh gach seisean.<br>Eisimpleir de dheagh-chleachdadh aig Earra-Ghàidheal ri fhaotainn bhon Stiùiriche Foghlaim.<br>Thòisich sinn còmhraidhean le Earra-Ghàidheal is Bhòid air taisbeanadh aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba 2021.<br>Thog sinn seo aig coinneamhan Adhartas nas Luaithe 12.08.20; Foghlam Alba 15.09; OECD 2.10.20. | Orainds | Orainds | Stiùiriche Foghlaim |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 5:**<br>Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh"<br><br>*More people agreeing with the statement "I have enhanced my Gaelic skills"* | Meudachadh anns an raon de dh'fhiosrachadh staitistigeil airson piseach a thomhas | Bidh fianais ann gun dèan sinn adhartas le seo thairis air a' bhliadhna | Orainds | Uaine | Stiùiriche Foghlaim |
| | 80% de dhaoine ag aontachadh ris a' bharail seo | 'S e seo fhathast ar targaid agus bidh sinn ag aithris air adhartas tron bhliadhna. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Foghlaim |

**Cothroman Ùra**
Dè na gnìomhan eile a dh' fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Le Covid-19 tha e follaiseach gu bheil an dùthaich air fad a' beachdachadh air dòighean-lìbhrigidh eadar-dhealaichte airson seirbheisean – a' gabhail a steach seirbheisean foghlaim. Tha coltas ann gum bi cuid de na h-atharraichean an lùib seo maireannach. Tha coltas ann gum bi cothroman airson ionnsachaidh air-loidhne a' fàs – a' bualadh air cothroman ionnsachaidh, cothroman trèanaidh agus siostaman conaltraidh nas fharsaing is msaa.

Bidh cothroman againn gus dòighean-obrach ùra a chruthachadh gus a bhith cinnteach gu bheil leasachaidhean airson na Gàidhlig co-ionann ri / nas fheàrr na leasachaidhean a' bualadh air lìbhrigeadh tron Bheurla.

## 2.1 Gnìomhan 2020-21

| 2. Ionnsachadh na Gàidhlig | Gnìomhan 2020-21 | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Oraindс/Uaine | | |
| Meudachadh de 10% san àireimh de sheiseanan Bookbug bhon bhun-loidhne far a bheil i an-dràsta; meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean | Àireamh iomchaidh de sheiseanan Bookbug a bharrachd air an lìbhrigeadh<br><br>[19/20 335 seiseanan: 2309 Inbhich, 3209 Clann] | Tha seiseanan Bookbug a' ruith air-loidhne agus tha sinn gam foillseachadh air na meadhanan sòisealta.<br><br>Tha Bòrd na Gàidhlig ann an conaltradh leis na buidhnean tràth-bhliadhnaichean agus Urras Leabhraichean na h-Alba gus dàta a chruinneachadh mu na seisean bookbug Gàidhlig a chaidh a lìbhrigeadh air-loidhne. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Thathar a' comharrachadh clàradh theaghlaichean aig Seiseanan Tràth-bhliadhnaichean gus fios a bhith ann air bun-loidhne agus coileanadh de mheudachadh 10% ann am frithealadh le buill teaghlaich. | Meudachadh de 10% san àireimh de theaghlaichean ann an Seiseanan Tràth-bhliadhnaichean. gan lìbhrigeadh thar 2020-21. | Ann an co-theacsa Covid-19, cha bhi sinn an dùil an targaid a ruigsinn –bhathar a' cur casg gu mòr air lìbhrigeadh sheirbheisean air feadh gach roinn FtG agus foghlam tro mheadhan na Beurla.<br><br>Chaidh measadh a dhèanamh air iarrtasan a thàinig a-steach do Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean a mheasadh agus chaidh aontachadh ri 24 iarrtasan luach £87,270.<br><br>Leis mar a tha an Stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba a-nis air a ràdh gun urrainn do bhuidhnean neo-riaghlaichte ath-thòiseachadh, ma ghabhas iad ri bacaidhean, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus stiùir is taic a thoirt do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean. Tha e soilleir san Stiùireadh ge-tà gum bu chòir buidhnean fhathast a bhith a' beachdachadh air dòighean-obrach eadar-dhealaichte m.e. air-loidhne. Ma thilleas buidhnean, bidh cuideachd bacadh air rudan leithid: na h-àireamhan a tha ceadaichte a bhith a' frithealadh, àireamhan theaghlaichean a tha ceadaichte tighinn còmhla agus cur-seachadan a tha e ceadaichte lìbhrigeadh anns na seiseanan. Le sin, tha Bòrd na Gàidhlig air:<br>• Plana B iarraidh bho gach buidheann feuch dè ghabhas a choileanadh mura h-eil e comasach dhaibh tilleadh gus coinneachadh aghaid- ri-aghaidh.<br>• Dreach molaidhean a chruthachadh air dè dh'fhaodadh a bhith air an lìbhrigeadh, a thèid a sgaoileadh do gach buidheann a tha air maoineachadh sireadh bhuainn<br>• A bhith sùbailte a thaobh ceann-là dùnaidh airson sgeama Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean, le fàilte air buidhnean a bhith a' cur iarrtas a-steach fhathast.<br>• A bhith ann an conaltradh le Comann nam Pàrant agus CORRA mun t-suidheachadh. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Sgrùdadh air solar sheirbheisean an-dràsta airson Aireach-cloinne is Luchd-cùraim air a chur ri chèile agus aithisg dheireannach air a dèanamh | Aithisg Sgrùdaidh air a crìochnachadh, a bhios na bunait airson planadh seirbheisean ann an 21-22 | 1. Aonta gum bi fòcas againn air Aireach-chloinne a-mhàin. Obair air tòiseachadh air àireamhan nàiseanta fhaighinn (05.20).<br>Chaidh conaltradh a dhèanamh leis a' bhuidhinn Scottish Childminding Association (SCMA), a' feitheamh ri fiosrachadh air ais bhuapa. | | | Manaidsear Foghlaim |
| Sgrùdadh air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean | Crìoch air a cur air an sgrùdadh | Chaidh ceistean mu ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a chur san sgrùdadh a chaidh a sgaoileadh do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean san Iuchar 2020. Bidh an fhianais seo air a tarraing ri chèile gus dealbh a chruthachadh air an t-suidheachadh nàiseanta. | | | Manaidsear Foghlaim |
| A' cruthachadh 2-3 cothroman trèanaidh gus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a chur am meud (Tuath/Deas/Eileanan) | Trèanadh air a thoirt seachad agus ais-mholadh foirmeil air èifeachdas / ath cheumannan | Leis nach eil na buidhnean tràth-bhliadhnaichean a' coinneachadh an-dràsta, tha dàil ann a thaobh trèanadh air a' bhlàr a-muigh ach tha còmhraidhean a' leantainn le Stòrlann. | | | Manaidsear Foghlaim |
| A' neartachadh com-pàirteachas le Comann nam Pàrant | Prìomh raointean leasachaidh air an comharrachadh | Dreach deireannach den bhileig mu Fhoghlam Àrd-sgoile deiseil.<br><br>Chaidh coinneamhan a chumail le oifigear Chomann nam Pàrant air 28/08 agus sinn gu sònraichte a' bruidhinn mu taic do phàrantan agus dòighean seo a' neartachadh ann an suidheachadh Covid-19.<br><br>Chaidh coinneamh a chumail le Comann nam Pàrant Nàiseanta 10/09/2020 far an deach bruidhinn air adhartas is cothroman do gach bhuidheann.<br><br>Obair a' leantainn air adhart a thaobh maoineachadh nan buidhnean tràth-bhliadhnaichean. | | | Manaidsear Foghlaim |
| Gach àrd-sgoil le Plana Gàidhlig/Aithisg Inbhean is Càileachd Bliadhnail | Meudachadh ann an solar chuspairean agus meudachadh ann an tagraidhean SQA air feadh na dùthcha | 1. Fiosrachadh a bharrachd le ADES/ GLAN (05.20). Fiosrachadh gu Foghlam Alba (04.20).<br>2. Coinneamh leis an Northern Alliance (03.20) gus barrachd mìneachaidh a thoirt seachad air na molaidhean againn.<br>3. Ùrachadh aig coinneamh GLAN (05.20)– tha sinn air fiosrachaidh sgrìobhte a bharrachd a thoirt seachad. | | | Stiùiriche Foghlaim |

| 2. Ionnsachadh na Gàidhlig | Gnìomhan 2020-21 | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| | | (Ri linn Covid-19 tha coltas ann nach bi planadh/aithriseadh mar a bha e ann an seisein 19-20).<br>4. Thog sinn seo aig coinneimh GLAN 25.09 is thairg sinn taic a bharrachd do dh'oifigearan. | | | |
| Co-labhairt Àrd-luchd-stiùiridh | Co-labhairt ga lìbhrigeadh le àrd-sgiobaidhean stiùiridh air an trèanadh | 1. Cha bhi GLAN a' tachairt mar a bha sinn an dùil ri linn Covid-19 (tachartas 06.20). Tha sinn ann an conaltradh le GLAN, is tha aonta ann gum bi GLAN a' beachdachadh leis an Sgioba Foghlaim air tachartas trèanaidh aig deireadh 2020/ toiseach 2021.<br>2. Chaidh a' chiad Nota Brath-ullachaidh a-mach gu ADES (Stiùirichean Foghlaim) 05.20 – le fiosrachadh air Planadh san Àrd-sgoil is Cùrsaichean Bogaidh. | | | Stiùiriche Foghlaim/ Manaidsear Foghlam |
| Àireamh de luchd-teagaisg ag obair ann am FtG agus FLI a' fàs mar thoradh air co-obrachadh le buidhnean nàiseanta. | Slighean a-steach gu ATQ a tha soilleir agus rannsachaidhean cùise gan cruthachadh air deagh chleachdadh | 1. Bileag is Suirbhidh Nàiseanta deiseil, le taic bhon sgioba againn.<br>2. Coinneamhan is taic a' leantainn leis a' phlana airson an ATQ Gaelic (coinneamh le Srath Chluaidh 04.20, coinneamhan a barrachd le Srath Chluaidh, CCTA, Comhairle Baile Ghlaschu 05.20 is 06.20).<br>3. Coinneamh ATQ le Srath Chluaidh 28.09 - fòcas air lìbhrigeadh air-loidhne / gun a bhith a' planadh cùrsaichean SMO / Ceòlas mar phàirt den chùrsa.<br>Chaidh pàirt dhan t-suirbhidh aig an CCTA (le taic bho Bhòrd na Gàidhlig) a chur a-mach san Ògmhios agus fhuair iad barrachd air 300 freagairtean. Ri linn trioblaidean teicnigeach, chaidh an t-suirbhidh ath-sgaoileadh san Lùnastal 2020. Bileag 'So you want to teach in Gaelic' a-nis foillsichte ann an clò agus ri fhaotainn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig. Dàil ann an foillseachadh oifigeil ri linn Covid-19. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Obair le SDS air bursaraidhean (mac-samhail STEM) | Frèam bhursaraidhean air bhonn | 1. Dh'obraich an t-Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg/ Stiùiriche Foghlaim le Sgioba STEM an Riaghaltais agus SDS (tha iad a' stiùireadh sgeama STEM às leth an Riaghaltais). Ùrachadh air fiosrachadh nàiseanta airson STEM ri fhaotainn (mar thoradh air seo).<br>Oifigearan air tòiseachadh obrachadh air portal fiosrachaidh airson bursaraidhean/taic maoineachaidh (05.20). | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Rannsachadh air cùrsaichean bogaidh air feadh Alba | Rannsachadh crìochnaichte | Stiùiriche Foghlaim is Oifigear Trusadh Luchd-Teagaisg air obair a thòiseachadh air pròiseasan tairgse (05.20). Dreachd deiseil 07.20 - an dùil gun cuir sinn a-mach gu tairgse e 08.20<br>Chan eil seo coileanta fhathast | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Cùrsa Bogaidh Eadar-amail do thidsearan | Maoineachadh agus pròiseas airson barantachadh càileachd air a chur air bhonn | Chaidh aonta a thoirt seachad san Ògmhios 2020 do dh'iarrtas bho 1 Ùghdarras Ionadail airson triùir luchd-teagaisg (1 bun-sgoile agus 2 àrd-sgoile) a chur air adhart do chothroman bogaidh. | | | Manaidsear Foghlaim |
| Obair an co-bhonn le LearnGaelic gus àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach a chur am meud. | An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur stuthan LearnGaelic gu feum a' dol am meud. An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ann an gnìomhachdan ionnsachaidh foirmeil a' dol am meud. | 1. Tro cho-obrachadh air Adhartas nas Luaithe, tha staitistearachd againn gu bheil an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh na làraich-lìn agus nam meadhanan sòisealta aig LearnGaelic a' dol am meud.<br>2. Coinneamh Bòrd-stiùiridh LearnGaelic 06.20. BnG air a riochdachadh aig a' choinneimh. Tha sinn air tòiseachadh air co-obrachadh leis an Oilthigh Fhosgailte airson cùrsa luchd-ionnsachaidh a chruthachadh (coinneamh 05.20) | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho sgrùdadh air sgilean aig Seiseanan nan Tràth-bhliadhnaichean | Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh. | Chan eil na buidhnean tràth-bhliadhnaichean air a bhith coinneachadh bhon Mhàrt 2020 mar sin, tha dàil ann le seo. | | | Manaidsear Foghlaim |
| Co-labhairt NQT | Co-labhairt air a lìbhrigeadh an co-bhonn leis an fheadhainn aig a bheil ùidh | Chaidh seo ath-dhealbhadh mar thachartas air-loidhne, 1.06.20 agus 8.06.20. Dèante. Ais-mholaidhean bhon tachartas gu math taiceil. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho ghnìomhachdan le maoineachadh bho BhnG no bho thachartasan BhnG | Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh | Obair leantainneach tron bhliadhna, fianais air tilleadh bho phròiseactan a fhuair maoineachadh tro Thabhartasan Tràth-bhliadhnaichean 2019/20 agus Tabhartasan Foghlam 2019/20. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Lìbhrigeadh Sgeama Tabhartasan Foghlam na Gàidhlig agus cruinneachadh an fhiosrachaidh a thig air ais thugainn | Sgeama air a ruith agus fiosrachadh a thig air ais air a chruinneachadh is air a mheasadh | Measadh dèante is chaidh aontachadh taic a chumail ri 51 iarrtasan (36 do dh'oileanaich teagaisg / tràth-bhliadhnaichean is 15 do luchd-teagaisg clàraichte airson cùrsaichean eile) luach £84,476.<br>Obair a' leantainn gus cùmhnant a sgaoileadh do thagraichean soirbheachail.<br>Ann an conaltradh leis an Sgioba Conaltradh mu bhith ag ullachadh brath-naidheachd mu dheidhinn seo. | | | Manaidsear Foghlaim |

| 2. Ionnsachadh na Gàidhlig | Gnìomhan 2020-21 | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/2021 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| 2-3 Buidhnean Fòcais còmhla ri Sgoilearan le #cleachdi | Buidhnean Fòcais gan ruith an co-bhonn le feadhainn aig a bheil ùidh | Chaidh coinneamh shoirbheachail a chumail le com-pàirtichean (CnaG, Fèisean nan Gàidheal, Highlife Highland, Young Scot, Leasachadh Sgilean na h-Alba, e-Sgoil, Ceòlas is Urras Ghabhsainn) san Iuchar 2020 agus thèid clàr-ama a chur air dòigh de choinneamhan dhan òigridh còmhla riuthasan nas fhaide air adhart ann an 2020.<br><br>Plana is clàr-ama airson a' phròiseict seo deiseil agus a' feitheamh ri aonta bhon Sgioba-stiùiridh. | | | Stiùiriche Foghlaim |
| Co-obrachadh le LearnGaelic, SDS agus Stòrlann gus sgilean a mheasadh a rèir an CEFR | Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh. | Aonta aig coinneamh nan oifigearan (05.20) gun cuir sinn coinneamh air dòigh le SDS / LearnGaelic / Stòrlann san Lùnastal 2020 airson an CEFR a chur air adhart.<br>Chan eil sin coileanta fhathast – LearnGaelic a' cleachdadh an CEFR leis a' chùrsa nàiseanta ùr. | | | Stiùiriche Foghlaim |

**3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart** — **3. Promoting Gaelic**

| | |
|---|---|
| **Prìomhachas Ro-innleachdail 3:**<br>Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil dhan Ghàidhlig agus a cultar | **Strategic Priority 3:**<br>More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture |

| | |
|---|---|
| ▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?** | 'S e aithneachadh am facal as cudromaiche ann an co-theacsa a' phrìomhachais ro-innleachdail a tha seo. 'S ann tro bhith a' cur air adhart na Gàidhlig, tro na gnìomhan gu h-ìosal a bhios Bòrd na Gàidhlig ag amas gum bi barrachd aithneachadh am measg a' phobaill ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta gu bheil Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha. |
| ▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?** | Tha adhartas air a bhith mar a bhiodh dùil. Chaidh deasbad cudromach mu dheidhinn suidheachadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan air adhart tron samhradh às dèidh foillseachadh an leabhair "The Gaelic Crisis in the Vernacular Community" agus tha coinneamhan coimhearsnachd a' dol air adhart. Tha e soilleir gu bheil luchd-poilitigs aig ìre nàiseanta agus ionadail deònach pàirt a ghabhail anns an deasbad seo. Thathas an dùil gum bi an deasbad a' cumail a' dol air adhart mar phàirt de dh'iomairt taghaidhean na h-Alba ann an 2021. Tha còmhraidhean inntinneach eile a' nochdadh cuideachd mun cheangal eadar cion taigheadas air prìs reusanta agus leasachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar. Tha sinn a' faicinn gu bheil na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig fhathast a' fàs le còrr is 450,000 daoine a-nis clàraichte le Duolingo na Gàidhlig agus àireamhan luchd-tadhail LearnGaelic gu math fallain. |

| Prìomh Chomharra Coileanaidh | Targaid | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/21 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 6:**<br><br>A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dhùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar | Thèid ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh/àbhaisteachadh ann an tòrr de shuidheachaidhean air feadh na dùthcha air fad | Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne a' sìor-fhàs. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs ann an Alba agus mar thoradh air sin, thathas an dùil gum bi cleachdadh na Gàidhlig a' fàs nas àbhaistiche cuideachd. | Uaine | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Barrachd còmhraidh, ionnsachaidh is com-pàirteachadh le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba. | Tha Bòrd na Gàidhlig a' co-obrachadh le tòrr diofar bhuidhnean air feadh Alba – anns an roinn phoblaich, companaidhean prìobhaideach agus buidhnean anns an roinn shaor-thoileach. | Uaine | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 7:**<br><br>Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba" | Meudachadh ann an ìrean taic dhan Ghàidhlig" no rudeigin mar sin còrr is 81% - *Scottish Social Attitudes Survey*) | Thathas an dùil còmhraidhean a chumail ri ScotCen leis an amas ceistean mu dheidhinn na Gàidhlig a chur anns an t-suirbhidh aig a' chiad chothrom. | Dearg | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail | Gu ruige seo am-bliadhna, chan eil adhartas air a bhith ann. | Dearg | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltainn taic ri leasachadh na Gàidhlig | Bidh barrachd fòcais air seo nas fhaide air adhart sa bhliadhna . | Dearg | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

| **Cothroman Ùra**<br>Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn: |
|---|
| Tha an deasbad mu dheidhinn suidheachadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan air a bhith a' cur na Gàidhlig agus na taic a tha a dhìth ann am barrachd fòcais – aig ìre ionadail, aig ìre nàiseanta agus am measg luchd-poilitigs. Cha bhi e fada gus am bi taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba ann agus tha cothrom ann, deasbad fosgailte agus onarach a chumail mu dheidhinn na taic poilitigich agus ro-innleachdail a tha a dhìth airson na coimhearsnachdan anns na h-Eileanan agus air a' Ghàidhealtachd a neartachadh. Thug Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 iomaradh air seo – "Feumaidh sinn spionnadh às ùr a thoirt do choimhearsnachdan eileanach is dùthchail Gàidhlig gus an òigridh a ghleidheadh is a tharraing." 'S ann tro seo a thig piseach air cleachdadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan Eileanach agus tha cothrom ann an-dràsta an teachdaireachd seo a thoirt air adhart gu mòr a-rithist. |

**3.1 Gnìomhan 2020-21**

| 3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart | Gnìomhan 2020-21 | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/21 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| Obraichidh sinn còmhla ris, agus ionnsaichidh sinn bho, na buidhnean eile a bhios ag iomairt gus cùisean sònraichte àbhaisteachadh sa chomann-sòisealta. M.e. Stonewall Scotland | Meudachadh ann an co-obrachadh a dh'fhàgas sinn le tuigse nas fheàrr de dh'atharrachaidhean sòisealta – aon dòigh-obrach ùr air a gabhail os làimh. | Chan eil adhartas air a bhith ann gu ruige seo ach thathas ag amas thairis air na mìosan ri tighinn gum bi sinn a' bruidhinn ri buidhnean eile mu dheidhinn nan dòighean-obrach aca, leis an dùil aon dòigh iomairt ùr a thoirt air adhart. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Obair ann an co-bhonn, bidh sinn a' cruthachadh stuthan gus taic a chumail ri sgoiltean, buidhnean is daoine fa leth airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air àite na Gàidhlig ann an Alba. | Stuthan ùra gan cruthachadh is na stuthan a tha ann air an cur air adhart tro GLAN, SQA agus Foghlam Alba. | Leis gu bheil cùisean cho mi-àbhaisteach an-dràsta le foghlam ann an Alba, chan eil mòran adhartas air a bhith ann gu ruige seo. Bu chòir gun tèid a' mhòr-chuid den phròiseact seo a ghluasad dhan dàrna leth den bhliadhna. An-dràsta ge-ta, tha cothrom ann bruidhinn ri bhuidhnean, leithid GLAN, SQA is Foghlam Alba mu na tha a dhìth. Dh'fhaodadh a' bhidio "Scottish Gaelic Explained" a bhith cuideachail, a bharrachd air na mhapaichean le ainmean-àite a chaidh a chruthachadh le Ainmean-Àite na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Le com-pàirteachadh, a' cur air bhonn iomairt gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' lìonadh nan ceistean air Gàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2021 | Iomairt ann bhon Dùbhlachd 2020 agus ga lìbhrigeadh air làraichean mheadhanan sòisealta bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt 2021 | Air sgàth COVID-19, thèid an Cunntas-sluaigh air adhart anns a' Mhàirt 2022 a-nis. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Bheir sinn seachad stiùireadh ann an co-òrdanachadh agus lìbhrigeadh den iomairt Adhartas nas Luaithe a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuilleadh obair chom-pàirteach ann an lìbhrigeadh nam Planaichean Gàidhlig (an dà chuid, reachdail is saor-thoileach) | Meudachadh ann an conaltradh tar-roinneil agus coileanadh phròiseactan. | Chaidh a' choinneamh Adhartas nas Luaithe a chumail air-loidhne san t-Sultain le Iain Swinney, Leas-prìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Bha còrr is 50 oifigearan an làthair, a' riochdachadh còrr is 20 buidhnean poblach. Bha e follaiseach gun robh co-obrachadh math a' dol air adhart eadar buidhnean. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Barrachd phlanaichean èifeachdach is air an lìbhrigeadh ann an ùine a tha reusanta. | Gu ruige seo, dh'aontaich am Bòrd ri 102 planaichean reachdail (Eagran 1 – 58, Eagran 2 – 37 agus Eagran 3 – 7) agus aig an àm seo tha oifigearan a' Bhùird ag obair le 30 ùghdarrasan a tha ag uallach planaichean (Eagran 1 – 8, Eagran 2 – 13 agus Eagran 3 – 9). A bharrachd air seo, dh'aontaich am Bòrd ri planaichean reachdail aig 5 ùghdarrasan nach eil ann an-nis. Tha an sgioba ag obair fad na h-ùine gus am bi gach plana èifeachdach. Chan eil an suidheachadh far a bheil oifigearan a' Bhùird no oifigearan nan ùghdarrasan poblach àbhaisteach, leis a h-uile duine ag amas an obair seo a thoirt air adhart ann an ùine a tha reusanta. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Iomairt airson buannachdan is cothroman a chur air adhart ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bharrachd air faighneachd "dè as urrainn dhomhsa dèanamh airson na Gàidhlig". | Stuthan ùra air an cruthachadh. | Aig an ìre seo tha fòcas air cruthachadh stuthan ùra fo bhratach na h-iomairt #cleachdi a tha a' dol air adhart an-dràsta. Thèid an iomairt fhèin a chur am follais san dàrna leth den bhliadhna. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Obair an co-bhonn leis na pàrtaidhean poilitigeach uile gus dealas a bharrachd a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig. | Gealltanasan Gàidhlig nas fhaicsinnich ann am manifestothan nam pàrtaidhean poilitigeach airson an taghaidh Albannaich ann an 2021 | Bidh barrachd fòcais air seo nas fhaide air adhart sa bhliadhna leis gu bheil prìomhachas luchd-poilitigs air COVID-19 an-dràsta. Aig an aon àm ge-tà, tha e cudromach gum bi Gàidhlig fhathast mar phàirt den chòmhradh nàiseanta agus ri linn sin, tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Holyrood Magazine agus an Herald. Tha pìosan mu dheidhinn na Gàidhlig air a bhìth anns na h-irisean seo bho chionn greis. Tha obair air meadhanan sòisealta a' Bhùird a' leantainn air adhart cuideachd. | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| | Dèanamh cinnteach gum bi cudromachd na Gàidhlig fhathast ri faicinn. | | | | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

**4. Deagh Riaghladh** **4. Good Governance**

| | |
|---|---|
| **Prìomhachas Ro-Innleachdail 4**:<br>Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige | **Strategic Priority 4:**<br>Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works |

| | |
|---|---|
| ▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?** | Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro:<br>Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; prògram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh.<br>Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd.<br>Dhearbh an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail gu bheil adhartas air a bhith ann tha i agus a' sealltainn far a bheil barrachd leasachadh ri dhèanamh. |
| ▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?** | Tha, a dh'aindheoin a bhith ag obair bhon taigh. |

| Prìomh Chomharra Coileanaidh | Targaid | Adhartas gu 30/09/20 | Coileanadh gu 30/09/20 | Dùil aig 31/03/21 | Oifigear-stiùiridh aithris |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Orainds/Uaine | | |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 8:**<br><br>Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar"<br><br>More of our staff agreeing with the statement "My work at Bòrd na Gàidhlig is fulfilling and makes a difference" | Tha luachan na buidhne againn air fhighe a-steach san dòigh-obrach againn | Tha sinn a' cleachdadh nan luachan mar phàirt den t-siostam measadh coileanaidh pearsanta, agus aig tòiseach coinneamhan m.e. Dè tha Dol | | | Ceannard |
| | Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhìth dhan luchd-obrach | A bharrachd air a' cho-labhairt, chùm sinn a' chiad seisean leasachaidh leth-latha nuair a choimhead sinn air cuspairean eadar-dhealaichte (air am moladh leis an sgioba) agus toraidhean suirbhidh bhliadhnail an luchd-obrach agus na suirbhidh sunnd (gach cairteal). Dh'aontaich am Bòrd-stiùiridh gun tèid eòlaiche 'change management' a thrusadh gus taic a thoirt dhan bhuidhinn gus barrachd atharrachadh a dhèanamh. | | | Ceannard |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 9:**<br><br>Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh"<br><br>More of our stakeholders agreeing with the statement "Bòrd na Gàidhlig is effective in its role and contributes to what we do" | Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh | Tha an siostam a-nise leantainneach gu bheil coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus comataidhean air an cumail gu poblach, le fiosrachadh air na meadhanan sòisealta ro làimh; agus pàipearan rim faighinn. Bha an Cathraiche is an Ceannard air beulaibh Comataidh PAPLS far an do bhruidhinn iad air obair Bhòrd na Gàidhlig. | | | Ceannard |
| | Cleachdaidhean fallain a thaobh stiùireadh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh | Choimhead Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus am Bòrd-stiùiridh air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail san Lùnastal agus san t-Sultain.<br><br>Chaidh in-sgrùdadh a dhèanamh air smachdan ionmhais is solarachaidh s/t 28/09/2020. | | | Ceann an Ionmhais |
| **Prìomh Chomharra Coileanaidh 10:**<br>Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn meidh-neoni (*net zero*) de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045. | Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is targaidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn | Tha an sgioba rianachd ag obair air seo an-dràsta agus seo am fiosrachadh as ùire a th' againn.<br><br>ScotRail - 216 bookings, 57,553 mìltean sa bhliadhna agus le eimiseanan $CO_2$ de 3414.09 kg.<br>Loganair - chan urrainn dhaibh an fhiosrachadh sin a thoirt dhuinn aig an àm seo<br><br>Leis gu bheil Taigh a' Ghlinne Mhòir dùinte an-dràsta, chan eil e comasach aig an ìre seo fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn siubhal le càraichean. | | | Manaidsear Gnìomhan |
| | An dòigh-obrach againn mar bhuidheann air atharrachadh gus tighinn gu meidh-neoni ann an eimiseanan cho luath 's a ghabhas | O thoiseach na bliadhna 20/21, chan eil neach sam bith sa bhuidhinn air a bhith a' siubhail. Ged nach do thaghadh sinn seo, leis gu bheil na dòighean eile airson coinneamhan a chumail ag obair gu math, bidh sinn gan cumail fiù 's nuair a bhios e ceadaichte dhuinn a bhith a' siubhal. | | | Manaidsear Gnìomhan |

| |
|---|
| **Cothroman Ùra**<br>Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn |
| Tha obair a' dol air adhart an-dràsta air plana leasachaidh ùr a bhios a' dèanamh soilleir na gnìomhan gus barrachd adhartais a dhèanamh sna dòighean obrach againn. |

**4.1 Gnìomhan 2020-21**

| **4. Deagh Riaghladh** | **Gnìomhan 2020-21** | **Adhartas gu 30/09/20** | **Coileanadh gu 30/09/20** | **Dùil aig 31/03/21** | **Oifigear-stiùiridh aithris** |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | Dearg/Oraindς/Uaine | | |
| Leasachadh sgilean is comasan nam ball is an luchd-obrach | Prògram inntrigidh air a dhèanamh foirmeil airson luchd-obrach is buill ùra a' bhùird agus brosnachadh fiosrachadh a thoirt air ais thugainn airson leasachadh leantainneach. | Thoisich dithis ùra o chionn beagan sheachdainnean is thèid measadh a dhèanamh air ciamar a chaidh leis an inntrigeadh aca.<br><br>Fhuair am ball ùr inntrigeadh dhan bhuidhinn air-loidhne. | Orainds | Uaine | Manaidsear Gnìomhan is Ceannard |
| | Leasachadh Plana Trèanadh na buidhne gus toirt a-steach trèanadh an luchd-obrach is feumalachdan leasachaidh. | Sna ciad 3 mìosan de 20/21, chruthachadh plana eadar-amail a' coimhead ri gluasad gu cothroman air-loidhne far an gabh sin dèanamh. Aon uair is gu bheilear air tilleadh dhan oifis, thèid measadh a dhèanamh air na planaichean trèanaidh. San dàrna leth den bhliadhna, cnuasaichidh sinn air na tha fhathast ri choileanadh is na tha fhathast sna planaichean airson na h-ath bhliadhna ionmhais. | Dearg | Uaine | Manaidsear Gnìomhan |
| Dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh agus conaltradh èifeachdach tron bhuidhinn air fad | Sgrùdadh an luchd-obrach a' sealltainn gu bheil piseach air tighinn air gnothaichean bhon bhliadhna an-uiridh<br>[Cuir bun-loidhne ris bhon sgrùdadh sa Mhàrt 2020, nuair a tha sin crìochnaichte] | Tha sgrùdadh an luchd-obrach a' leantainn air mar a bhathar an dùil. Chaidh aithisg air toraidhean dhan Chomataidh Phoileasaidh is Ghoireasan san Lùnastal.<br>Chaidh suirbhidh a dhèanamh a thaobh sunnd agus a bhith ag obair bhon taigh sa Lùnastal is tha còmhraidhean air a bhith ann air gnìomhan a' leantainn air sin. | Orainds | Uaine | Ceannard |
| Togail agus cumail pròiseas ionmhais leantainneach airson Bòrd na Gàidhlig | Plana Ionmhais Meadhan-ùine (MTFP) air ath-sgrùdadh is ath-nuadhachadh gus stiùireadh ionmhais ro-innleachdach nas èifeachdaiche a chur air bhonn | Ath-sgrùdadh den MTFP mar thoradh air COVID-19. Chaidh ùrachadh a dhèanamh air buidseat 20/21 san t-Sultain 2020. | Orainds | Uaine | Ceann an Ionmhais |
| A bhith cunntachail, èifeachdach is buadhmhor agus sinn a' cleachdadh stuthan gus luach an airgid a dhaingneachadh | Prògram de sgrùdaidhean is molaidhean a bhuineas ri seo air an cur an gnìomh | Rinn an luchd in-sgrùdaidh a chiad pàirt den in-sgrùdaidh bliadhnail air riaghlaidh corporra agus solarachadh. Tha obair a' leantainn air na gnìomhan on uiridh. | Orainds | Uaine | Ceannard |
| | Faighinn beachdan air ais bho cho-chomhairleachadh am measg an luchd-ùidh a ghabhas cur gu feum a thaobh cleachdadh maoineachaidh | Thèid co-comhairleachadh am measg luchd-ùidh air adhart anns an Dàmhair 2020, leis an dùil gum bi pàipear aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh san Dùbhlachd 2020 leis na toraidhean. | Uaine | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| Faighinn fianais air beachdan nas ciataiche bhon luchd-ùidh | Sgrùdadh an luchd-ùidh gu bhith a' sealltainn gu bheil co-dhiù 70% gu tur no gu ìre mhòr riaraichte leis a' bharail "Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach san ròl aige agus a' cur ris na tha sinne a' dèanamh."<br>[Bun-loidhne: 2019/20: 65%] | Bidh dàil ann an sgrùdadh an luchd-ùidh. | Dearg | Uaine | Ceannard |
| Comharrachadh targaidean lùghdachaidh ann an eimiseanan carboin airson Bòrd na Gàidhlig | Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin air a comharrachadh is air a cleachdadh airson targaidean lùghdachaidh a shònrachadh thar nan 5 bliadhnaichean ri teachd | Tha obair air a bhith a' dol air fiosrachadh a chruthachadh air tursan rèile ach cha bhi e comasach dhuinn fiosrachadh a chruthachadh air tursan rathaid (tha fiosrachaidh bhon bhliadhna an-uiridh air pàipear san oifis) no air tursan plèana (chan eil am fiosrachadh seo ri fhaighinn bhon chompanaidh adhair). | Orainds | Orainds | Ceannard |
| | Plana àrainneachd Bhòrd na Gàidhlig air ùrachadh gus na targaidean seo a thoirt a-steach | Plana air ùrachadh is air a chur fo chomhair Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan taobh a-staigh 6 mìosan. San dàrna leth den bhliadhna plana gnìomh air a chruthachadh a chuirear an gnìomh 2021/22.<br><br>Leis a h-uile pìos obrach eile agus leis nach eil duine sam bith a' siubhail, ma dh'fhaodte nach bi am plana seo air a sgrìobhadh am-bliadhna. | Dearg | Dearg | Ceannard |
| Atharrachadh san dòigh-obrach againn airson a bhith a' toirt a-steach cheumannan gus carbon a lùghdachadh | Lùghdachadh co-dhiù 25% san àireimh de choinneamhan aghaidh-ri-aghaidh far a bheil siubhal a dhìth ann an 2020-21 an taca ri 2019-20 | Leig Covid-19 leinn seo fheuchainn a-mach agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas; aon uair is gu bheilear air ais san oifis nithear co-dhùnaidhean air mar a lùghdaichear an àireamh de choinneamhan aghaidh-ri-aghaidh san àm ri teachd. | Uaine | Uaine | Manaidsear Gnìomhan |
| | Foillseachadh cairt èiginn ghnàth-sìde airson na buidhne gus an dùil againn a shoilleireachadh a thaobh sgioba Bòrd na Gàidhlig agus mar a bhios sinn ag obair le com-pàirtichean air an taobh a-muigh. | Cha do thòisich obair air seo fhathast.<br>Ma dh'fhaodte nach tachair seo am-bliadhna. Leis nach eil daoine a' siubhail, chan eil an aon buaidh air an àrainneachd mar a bh' againn gu ruige seo. | Dearg | Dearg | Ceannard |
| | Dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh meatragsan sgòraidh airson gach sgeama maoineachaidh an 2021-22 a' toirt a-steach beachdachadh air ceumannan gus carbon a lùghdachadh mar shlat-tomhais maoineachaidh | Bidh na diofar sgeamaichean airson 2021-22 a' tòiseachadh air fosgladh bhon t- Samhain 2020 air adhart agus bidh meatragsan sgòraidh co-cheangailte ris a' bhuaidh carboin mar phàirt den phròiseas airson gach sgeama bho seo air adhart. | Orainds | Uaine | Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

**Dearg** **Orains** **Uaine**

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ri cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e, a bhith a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

| | **Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo** | **Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais** |
|---|---|---|
| | • Cha do thòisich an obair seo fhathast.<br>• Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo.<br>• Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad. | • Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith<br>• Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil<br>• [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.]<br>• [Nota 2: Bu chòir dhan Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.] |
| | • Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas.<br>• Tha obair air tòiseachadh air seo.<br>• Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil. | • Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur.<br>• [Nota 3: Bu chòir dhan Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.] |
| | • Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann. | • Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh. |

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Am Bòrd-stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 2/12/2020 |
| **Àite:** | Aig astar |
| **Nì a' chlàr-ghnothaich** | 11 |

| | |
|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Adhartas nas Luaithe |
| **Moladh do Bhuill** | Airson fiosrachadh * |
| **Neach-labhairt:** | Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd<br>Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig |
| **Air ullachadh le:** | Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd |

| **Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
|---|---|---|
| Sgioba-stiùiridh | 19/11/2020 | Airson fiosrachadh |

| | |
|---|---|
| **1** | **Adhbhar** |
| 1.1 | Airson am fiosrachadh as ùire a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu dheidhinn na h-iomairt Adhartas nas Luaithe. |
| **2.** | **Cùl-fhiosrachadh** |
| 2.1 | Chaidh an iomairt Adhartas nas Luaithe a stèidheachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, gus na prìomhachasan ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 a thoirt air adhart.<br><br>Tha am pìos seo ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23:-<br><br>**"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge**<br>Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba." |
| 2.2 | Bha a' chiad choinneamh "Adhartas nas Luaithe" ann am Battleby, faisg air Peairt anns an Lùnastal 2018, le riochdairean bho còrr is 20 ùghdarras poblach an làthair agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair.<br><br>Bha coinneamh Adhartas nas Luaithe eile anns an Lùnastal 2019 agus tè eile air-loidhne anns an t-Sultain 2020. |
| 2.3 | Tha obair Adhartas nas Luaithe a' dol air adhart le diofar bhuidhnean a' gabhail uallach airson 5 sruthan-obrach mar a leanas :- |

| | |
|---|---|
| Trusadh agus glèidheadh Tidsearan | Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC) |
| Ionnsachadh didseatach agus meadhanan | MG ALBA is Comhairle nan Eilean Siar (CnES) |
| Eaconamaidh agus margaid-obrach | Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) |

| | |
|---|---|
| Ceanglaichean coimhearsnachd | Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES) |
| Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh | MG ALBA |

2.4 A bharrachd air co-obrachadh eadar diofar ùghdarrasan poblach, tha co-obrachadh taobh-a-staigh na buidhne a' dol air adhart cuideachd, le fòcas air na 5 sruthan-obrach seo.

2.5 Thathas an dùil gum bi coinneamh Adhartas nas Luaithe eile ann tràth ann 2021 le Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Chan eil ceann-là dearbhte ann fhathast.

2.6 Bha còmhradh ann mu dheidhinn na Gàidhlig aig Co-cruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Convention of the Highlands and Islands) air 16 Dàmhair 2020. Dhearbhaich buill na buidhne an taic a th' aca airson na h-iomairt Adhartas nas Luaithe, gu sònraichte le bhith a' neartachadh nan ceanglaichean eadar turasachd, dualchas agus na gnìomhachasan cruthachail.

**3. Prìomh Aithris/Fiosrachadh**

3.1 Tha na leanas na gheàrr-chunntas air mar a tha sgioba Bhòrd na Gàidhlig air a bhith a' toirt air adhart nan 5 sruthan-obrach bhon choinneamh Adhartas nas Luaithe mu dheireadh anns an t-Sultain 2020.

3.2 <u>Trusadh agus glèidheadh Tidsearan</u>

Ghabh oifigearan a' Bhùird pàirt anns an t-seisean mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chur a' Bhuidheann airson Co-obrachadh agus Leasachaidh Eaconamaich (OECD) air dòigh gus leirmheas a dhèanamh air a' churraicealam àrd-sgoile ann an Alba agus sgrìobh iad aithisg mar phàirt den leirmheas nàiseanta co-cheangailte ri seo.

Tha oifigearan a' Bhùird ag obair gu dlùth ri GLAN (Gaelic Local Authority Officers' Network) agus diofar Ùghdarrasan Ionadail gus iomairt Planadh is Aithris airson àrd-sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thoirt air adhart.

Cuideachd, tha an sgioba a' toirt taic agus comhairle phroifeiseanta seachad dhan sgioba a tha ag obair air an teisteanais teagaisg a bharrachd sa Ghàidhlig (ATQ for Gaelic as a modern language). Tha Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS), Oilthigh Shrath Chluaidh agus Seirbheisean Foghlaim aig Comhairle Baile Ghlaschu ag obair air paidhleat ATQ na Gàidhlig, leis an dùil gum bi seo a' tòiseachadh anns a' Ghiblean 2021.

3.3 <u>Ionnsachadh didseatach agus meadhanan</u>

Tha sgioba a' Bhùird air a bhith a' toirt taic agus comhairle seachad dhan sgioba aig Giglets a tha ag obair an-dràsta air molaidhean ùra gus goireasan litearrachd na Gàidhlig agus an trèanadh a th' ann airson tidsearan a leasachadh bho 2021 air adhart. Cuideachd, tha na sgiobaidhean aig Bòrd na Gàidhlig, E-sgoil agus Comhairle nan Eilean Siar air a bhith ag obair còmhla gus seirbhis na Gàidhlig aig E-sgoil a' leudachadh gu nàiseanta.

3.4 <u>Eaconamaidh agus margaid-obrach</u>

Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Earra-

| | |
|---|---|
| | Ghàidheal is Bhòid agus E-sgoil leis an amas sgeama "Gàidhlig sa àite-obrach" a stèidheachadh. Bidh seo a' togail cheanglaichean nas làidire eadar àitean-obrach anns an roinn phoblach, prìobhaideach agus san treas earrann far a bheil dùil ri fàs sna bliadhnaichean ri teachd agus far a bheil cothrom ann gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart, an dà chuid airson na gnìomhachasan fhèin a neartachadh agus airson cur ri coimhearsnachdan na Gàidhlig far a bheil iad stèidhichte. Tha a' bhuidheann an-dràsta a' cumail fòcas air na cothroman airson luchd-labhairt na Gàidhlig a tha gu bhith ann an turasachd agus aoigheachd, cùram-slàinte agus am measg luchd-obrach taic ann an foghlam san àm ri teachd. |
| 3.5 | <u>Ceanglaichean Coimhearsnachd</u><br><br>Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar air a bhith a' leantainn air adhart le còmhraidhean mu dheidhinn Cairt na Gàidhlig (Gaelic Charter) a stèidheachadh anns na h-Eileanan Siar ann an co-bhonn le diofar bhuidhnean. Tha an dà bhuidhinn den bheachd gu bheil fàs na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar an eisimeil gu mòr ri brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig, ri foghlam agus factaran eaconamachd agus sòisealta eile. Tha e deatamach gum bi cothroman gu leòr ann airson luchd-labhairt na Gàidhlig obraichean agus dachaighean fhaighinn anns na coimhearsnachdan aca fhèin agus airson daoine eile le sgilean Gàidhlig a tharraing a-steach. Thathas an dùil gum bi na còmhraidhean seo a' leantainn air adhart anns an Dùbhlachd. |
| 3.6 | <u>Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh</u><br><br>Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 23 Sultain 2020 taic £100,000 a a thoirt dhan phròiseact "Speak Gaelic" a bhios MG ALBA a' cur an gnìomh. Bidh taic-airgid a' Bhùird ann airson cùrsa ùr agus goireasan airson oileanaich agus oidean a chruthachadh tro Shabhal Mòr Ostaig. Bidh prògraman telebhisein, rèidio, na meadhanan sòisealta agus stuth air-loidhne ann airson taic a chumail ris a' chùrsa, agus làrach-lìn far an tèid aig daoine fèin-stiùireadh a dhèanamh tro na goireasan. Bidh dlùth cheangal eadar Speak Gaelic, LearnGaelic.scot agus an iomairt #cleachdi aig Bòrd na Gàidhlig. |
| **4.** | **Moladh** |
| 4.1 | Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' gabhail fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo. |
| **5.** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |
| 5.1 | **Buaidhean air Ionmhas** |
| | Chan eil gin ann. |
| 5.2 | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | Tha e follaiseach gu bheil buaidh aig seo air obair taobh a-staigh na buidhne, le fòcas às ùr air na sruthan-obrach a' dèanamh diofar agus gu bheil seo a' còrdadh ri daoine. Tha dlùth cheangal eadar an obair seo agus a bhith a' cur planaichean reachdail aig na h-ùghdarrasan poblach an gnìomh, agus tha Adhartas nas Luaithe a' cruthachadh cothrom an ceangal eadar leasachadh na Gàidhlig agus planaichean reachdail a neartachadh am measg an sgioba. |
| 5.3 | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Tha diofar luchd-obrach a' faighinn chothroman tron phròiseas seo gus na sgilean pearsanta aca fhèin a leasachadh. |
| 5.4 | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachail agus Corporra** |
| | Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23<br><br>**"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge**<br>Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba." |

| | |
|---|---|
| | Tha dlùth cheangal ann eadar Adhartas nas Luaithe agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig mar a tha Plana Corporra na buidhne ag amas air, gu sònraichte mar a leanas:- *"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh' Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"* |
| 5.5 | **Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| AR N-ADHBHAR | AR LUACHAN |
|---|---|
| Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach |

| **AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA** | | | |
|---|---|---|---|
| Còraichean daonna | ☐ | Clann | ☒ |
| Cultar | ☒ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| Àrainneachd | ☐ | Bochdainn | ☐ |
| Slàinte | ☐ | Eadar-nàiseanta | ☐ |
| Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☒ |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | ☒ | | |

| | |
|---|---|
| 5.6 | **Buaidhean air Cliù** |
| | Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt ceannas do dh'Adhartas nas Luaithe leis an dùil gum bi e soirbheachail. Bidh seo a' neartachadh cliù na buidhne. |
| 5.7 | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** |
| | Chan eil gin ann. |
| 5.8 | **Buaidhean Laghail** |
| | Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chur an gnìomh. |
| 5.9 | **Buaidhean air Co-ionannachd** |
| | Chan eil gin ann. |

| | |
|---|---|
| **A' freagairt ri** | Am Bòrd-stiùiridh |
| **Ceann-latha na Coinneimh** | 2/12/2020 |
| **Àite:** | Aig astar |
| **Nì a' chlàr-ghnothaich** | 12 |

| | | |
|---|---|---|
| **Tiotal a' Phàipeir** | Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2023-28 | |
| **Moladh do Bhuill** | Airson fiosrachadh* | |
| **Neach-labhairt:** | Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd | |
| **Air ullachadh le:** | Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd | |
| **Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris** | **Ceann-latha na Coinneimh** | **Seòrsachadh na h-Aithris** |
| Sgioba-stiùiridh | 19/11/2020 | Airson fiosrachadh |
| **Pàipear-taice air a cheangal ris** | PT1 – Clàr-ama PCNG 2023-28 | |

| | |
|---|---|
| **1** | **Adhbhar** |
| 1.1 | Airson fiosrachadh às ùr a thoirt dha na Buill air adhartas le Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2023-28. |
| **2.** | **Cùl-fhiosrachadh** |
| 2.1 | Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig gus am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig (PCNG) fhoillseachadh suas ri gach 5-bliadhna. Chaidh am fear a th' ann an-dràsta fhoillseachadh anns a' Mhàrt 2018 agus feumar an ath fhear fhoillseachadh tràth sa bhliadhna 2023. |
| 2.2 | Feumaidh Bòrd na Gàidhlig am PCNG a sgrìobhadh agus an uair sin a chur gu Ministearan na h-Alba airson aonta. Thathas den bheachd gun feum an dreachd mu dheireadh aig Bòrd na Gàidhlig a bhith deiseil as t-Samhradh 2022. Tha an clàr-ama ann am PT1 stèidhichte air a' cheann-ùidhe seo. |
| 2.3 | Aig an ìre seo, tha oifigearan a' Bhùird ag obair gus na gnìomhan aig Ìre 1 – Ullachadh a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach conaltradh le diofar luchd-ùidhe mu na prìomhachasan a tha cudromach dhaibh agus gus coimisean a chur air dòigh gus lèirmheas neo-eisimeileach a dhèanamh air adhartas le Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gu ruige seo. |
| **3.** | **Prìomh Aithris/Fiosrachadh** |
| 3.1 | Thairis air na seachdainean a tha romhainn, bidh na leanas a' tachairt:- |
| 3.2 | Thèid ceisteachan air-loidhne a sgaoileadh dhan phoball air 27 Samhain 2020 airson an dà chuid buidhnean agus daoine fa-leth. Bidh seo fosgailte gu Diluain 11 Faoilleach 2021. Tha seo ag amas air beachdan luchd-ùidh fhaighinn gus prionnsapalan an ath dhreachd de PCNG 2023-28 a stèidheachadh. |
| 3.3 | Thèid toraidhean a' cheisteachain seo a chleachdadh mar bhonn-stèidh aig Seiminear Luchd-ùidh air-loidhne a chuireas Bòrd na Gàidhlig air dòigh aig toiseach an Earraich 2021, a chuidicheas gus fòcas a bharrachd a chur air na prìomh theachdaireachdan airson dreachd PCNG 2023-28. |
| 3.4 | Thathas an dùil cuideachd mar phàirt den obair ullachaidh seo, coimisean neo-eisimeileach a chur air dòigh mu adhartas leis a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig tràth |

| | |
|---|---|
| | ann an 2021. Thèid a' phròiseact tron phròiseas solarachaidh air an làraich-lìn Public Contracts Scotland leis an amas gum bi an obair seo a' dol air adhart eadar am Faoilleach agus deireadh a' Chèitein 2021. |
| 3.5 | Thathas ag amas a' chiad dreachd a sgrìobhadh le iomradh air na pìosan obrach aig ìre 1 gu h-àrd, leis an dùil gun tèid seo air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh san t-Sultain 2021 airson aonta, mus tèid e a-mach gu co-chomhairle phoblach. |
| **4.** | **Moladh** |
| 4.1 | Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo. |
| **5.** | **Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach** |
| 5.1 | **Buaidhean air Ionmhas** |
| 5.1.1 | Chan eil buaidh ionmhasail ann an ìre seo ach tha tuairmse air cosgaisean gu h-ìosal. Bidh tòrr a' crochadh air an ìre de choinneamhan aghaidh-ri-aghaidh a bhios ann mar phàirt den phròiseas. Ma tha na coinneamhan air fad air-loidhne, bidh na cosgaisean gu math nas ìsle. |

| | | | Bliadhna Ionmhais | |
|---|---|---|---|---|
| | | | 2020-21 | 2021-22 |
| **Ìre 1** Ullachadh | Còmhraidhean le luchd-ùidhe (air-loidhne) | £0 | £0 | £0 |
| | Lèirmheas air PCNG 2018-23 | £30,000 | £24,000 | £6,000 |
| **Ìre 2** Dreach 1 (D1) | Taic sgrìobhaidh is dealbhachaidh | £5,000 | £2,500 | £2,500 |
| **Ìre 3** Co-chomhairle phoblach | Coinneamhan poblach aghaidh-ri-aghaidh | £5,000 | £0 | £5,000 |
| **Ìre 4** Dreach 2 (D2) | Taic sgrìobhaidh is dealbhachaidh | £5,000 | £0 | £5,000 |
| **Ìre 5** Riaghaltas na h-Alba | | £0 | £0 | £0 |
| **Ìre 6** Foillseachadh | Dealbhachadh | £3,000 | £0 | £3,000 |
| | 100 lethbhreac cruaidh | £1,000 | £0 | £1,000 |
| **Buidheann-obrach** | 12 x coinneamhan | £6,000 | £2,000 | £4,000 |
| Cosgaisean eile (Contingency) | | £5,000 | £500 | £4,500 |
| **Gu h-iomlan (tuairmse)** | | **£60,000** | **£29,000** | **£31,000** |

| | |
|---|---|
| 5.2 | **Buaidhean air Luchd-obrach** |
| | 'S e fear de na dleastanasan as motha a th' air Bòrd na Gàidhlig a bhith a' sgrìobhadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus bidh seo a' toirt buaidh mhòr air luchd-obrach na buidhne. Tha e cudromach gum bi luchd-obrach na buidhne a' faighinn ùine gu leòr agus |

| | |
|---|---|
| | taic gu leòr bho thaobh a-muigh na buidhne far a bheil sin a dhìth gus an dleastanas seo a thoirt air adhart mar bu chòir. |
| 5.3 | **Buaidhean air Trèanadh** |
| | Chan eil aig an ìre seo ach tha e cudromach gum bi trèanadh ann dhan sgioba far a bheil sin a dhìth tron phròiseas seo. |
| 5.4 | **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra** |
| | Leis gu bheil an dleastanas seo air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ’s e pròiseact deatamach a th’ ann gus an Achd seo a chur an gnìomh. Dh’fhaodadh tu argamaid a dhèanamh gur e seo an gnìomh as ro-innleachdaile a th’ aig a’ bhuidhinn.<br><br>Ann am Plana Corporra 2018-23 tha sinn a’ cantainn gur e fear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig a bhith “Ag ullachadh a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a’ co-òrdanachadh coileanadh a’ Phlana sin.”<br><br>Bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri Plana Corporra 2023-28 ullachadh, le ceanglaichean làidir ri PCNG 2023-28 airson sealltainn mar a bhios sinn a’ cur a’ Phlana Nàiseanta ùir an gnìomh. |
| 5.5 | **Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** |

| AR N-ADHBHAR | AR LUACHAN |
|---|---|
| Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | ’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach |

| AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA | | | |
|---|---|---|---|
| Còraichean daonna | ☒ | Clann | ☒ |
| Cultar | ☒ | Coimhearsnachdan | ☒ |
| Àrainneachd | ☒ | Bochdainn | ☒ |
| Slàinte | ☒ | Eadar-nàiseanta | ☒ |
| Foghlam | ☒ | Eaconamaidh | ☒ |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | ☒ | | |

| | |
|---|---|
| 5.6 | **Buaidhean air Cliù** |
| | Mar fhear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 tha e cudromach airson cliù na buidhne gun ullaich sinn PCNG 2023-28 a tha a’ gabhail a-steach nam prìomhachasan aig luchd-labhairt na Gàidhlig agus a bhios a’ toirt stiùir soilleir do leasachadh a’ chànain thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e cudromach cuideachd gum bi sinn a’ coileanadh an dleastanas seo a rèir a’ chlàir-ama a tha stèidhichte anns an Achd. |
| 5.7 | **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** |
| | Chan eil gin ann. |
| 5.8 | **Buaidhean Laghail** |

| | |
|---|---|
| | Tha dleastanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ullachadh. |
| 5.9 | **Buaidhean air Co-ionannachd** |
| | Bidh againn ri measadh a' dèanamh air a' bhuaidh air co-ionannas aig ìre 4 – Dreachd 2. |

PCNG 2023-28
Clàr-ama

| | Bliadhna | 2020 | | | | 2021 | | | | | | | | | | | | 2022 | | | | | | | | | | | | 2023 |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | Mìos | 9 | 10 | 11 | 12 | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | 7 | 8 | 9 | 10 | 11 | 12 | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | 7 | 8 | 9 | 10 | 11 | 12 | |
| **Ìrean** | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| 1 | Ullachadh | | Còmhraidhean le luchd-ùidh | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| | | | | | | PCNG#3 - Lèirmheas | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| 2 | Dreach 1 (D1) | | | | | | | Sgrìobhadh D1 | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| 3 | Co-chomhairle phoblach | | | | | | | | | | | | | | Co-chomhairle | | | | | | | | | | | | | | | |
| 4 | Dreach 2 (D2) | | | | | | | | | | | | | | | | | Sgrìobhadh D2 | | | | | | | | | | | | |
| 5 | Riaghaltas na h-Alba | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | Riaghaltas na h-Alba | | | | | | | | |
| 6 | Foillseachadh | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| **Riaghladh** | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | | |
| Buidheann-obrach PCNG#4 | | | | | | | | | | | | | D1 | | | | | | | | D2 | | | | | | | | | |
| Coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh | | | | | | | | | | | | | | D1 | | | | | | | | D2 | | | | | | | | |

| For | Board |
|---|---|
| Date of Meeting | 02/12/2020 |
| Location: | Online |
| Item on Agenda | 13.1 |

| Title | Improvement Plan | |
|---|---|---|
| Request | For decision | |
| Spokesperson | Shona C NicIllinnein | |
| **Governance route for the report** | **Date** | **Type of Treatment** |
| Leadership Team<br>Improvement Plan Steering Group<br>Audit & Assurance Committee | 27.10.2020<br>05.11.2020<br>12.11.2020 | For Approval<br>For Approval<br>For Approval |
| **Appendices** | Yes<br>PT 1 – Improvement Plan | |

| | |
|---|---|
| **1.0** | **Purpose** |
| **1.1** | The paper presents the Improvement Plan (IP) for the organisation.<br><br>The paper is in English as the Improvement Plan is in English. It will be reviewed by the external auditors as part of their audit work. The discussion will be in English so that there is consistency of language. |
| **2.0** | **Background** |
| **2.1** | The Improvement Plan is the main vehicle for the organisation ensuring that it embeds continuous improvement. |
| **2.2** | This is the second improvement plan. The Improvement Plan Steering Group (ISPG) is the governance mechanism for scrutinising progress on the Plan. The Audit and Assurance Committee reviewed the Plan at its meeting on 12 November and requested some details be updated. This work has been done and Committee members have reviewed the version presented to the Board in these papers. |
| **3.0** | **Main points** |
| **3.1** | The IP is created from three sources – the 2018/19 audit; the 2019/20 audit and the staff survey responses. |
| **3.2** | The draft was reviewed by the IPSG at a meeting on 8 October 2020; by all staff at a meeting on 14 October with further staff input subsequently; by Deloittes; and by the Leadership Team on 27 October. The external auditor provided some feedback and their recommendations have been incorporated. |
| **3.3** | The Plan has six workstreams:<br>- Workforce<br>- Governance and transparency<br>- Financial Management<br>- Financial Sustainability<br>- Value for Money, and |

| | |
|---|---|
| | - Communication. |
| **3.4** | Each workstream has at one over-arching KPI with targets, timescales and measures to assist with monitoring improvement. Each workstream has an overall owner, and each action within the workstream has an owner, timescale, and metric. |
| **3.5** | Work has already begun on implementing a number of actions listed. |
| **4.0** | **Recommendation** |
| **4.1** | The Board is requested to:<br>- Approve the Improvement Plan. |
| **5.0** | **Key Strategic Impacts** |
| **5.1** | **Impact on Finance** |
| | There are a number of actions in the Plan which have an impact on Finance, including spend on change management expertise and on training. These costs can be accommodated in the budget. A longer-term potential impact would be the submission of a business case for increased funding for the organisation. This would enable increased staffing as well as increased development funding for external groups and projects. |
| **5.2** | **Impact on Staff** |
| | The Improvement Plan is one of the key documents in the organisation and has far reaching impacts on staff in terms of organisational direction, capacity and capability to deliver BnG's working, communication, learning and development systems as well as the financial resources to implement the organisation's plans. |
| **5.3** | **Impact on Training** |
| | As referenced in 5.2, the IP has extensive impact on training. |
| **5.4** | **Links to Corporate Aims** |
| | The report contributes to the corporate aim that BnG continues to develop how it works. |
| **5.5** | **Links to the National Performance Framework** |

| OUR PURPOSE | | OUR VALUES | |
|---|---|---|---|
| To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth. | | We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the ruleof law, and acts in an open and transparent way. | |
| **NATIONAL OUTCOMES** | | | |
| Human Rights | ☐ | Children & Young People | ☐ |
| Culture | ☐ | Communities | ☐ |
| Environment | ☐ | Poverty | ☐ |
| Health | ☐ | International | ☐ |
| Learning | ☐ | Economy | ☐ |
| Successful innovative businesses | ☒ | | |

| | |
|---|---|
| **5.6** | **Impact on Reputation** |
| | The report on the Improvement Plan has a potential impact on the organisation's reputation – good if the report is good; bad if the report is poor. |
| **5.6** | **Impact on Health and Safety** |

| | |
|---|---|
| | The Improvement Plan includes actions which can potentially impact positively on wellbeing. |
| **5.7** | **Legal Impact** |
| | No effect |
| **5.8** | **Impact on Equality** |
| | No effect. |

**Bòrd na Gàidhlig Improvement Plan**

**Introduction**

The Improvement Plan Steering Group (IPSG) is a sub-committee of the Audit and Assurance Committee (AAC). The IPSG consists of a board member from the AAC, a member of the leadership team and an employee representative. The Ceannard attends the IPSG. The IPSG has oversight of the Improvement Plan which was developed originally as a result of the Audit Report prepared by Deloitte in 2019.

The purpose of the Improvement Plan is to demonstrate and track that actions are being taken to ensure that the organisation is meeting the required improvements identified in the Audit Reports.

In addition, the Improvement Plan contains improvement actions identified by employees as a result of the Employee Survey undertaken in May 2020.

This plan is effective until a further Audit is undertaken.

The plan will be updated by the Leadership Team who will liaise with the Workstream/Action Leads in order to monitor progress, identify issues and evidence improvements.

The workstreams have been identified as a result of the Audit Report and Employee Survey. Workstreams are agreed by the Audit and Assurance Committee after discussion and review by the ISPG.

A baseline of actions has been agreed by the AAC. Changes to existing actions or new actions can only be agreed by the Improvement Plan Steering Group, which will be reported to the Audit and Assurance Committee.

Risks and Issues associated with the Plan will be reviewed by the IPSG and will be referred to the Audit and Assurance Committee in line with the guidance below.

**Completion Guidance**

IP Updates and monitoring: LEADERSHIP TEAM

New/Change to actions: To be agreed by the IPSG

Workstream Leads: As named

Responsible for communication of activity and actions to be undertaken by other employees in BnG. Details to be noted in Comments/Update section of plan.

**Workstream status: Red/Amber/Green (RAG)**

| Indicator | Red | Amber | Green |
|---|---|---|---|
